


# Èisteachd agus Labhairt



Airson aonad sam bith fhosgladh,  
clìog air an tìotal taobh-staigh  
Bookmarks, a chithear air an  
làimh chli.

Èisteachd agus  
Labhairt -  
Ìrean D agus E





## Ro-ràdh

Tha sgilean èisteachd agus labhairt na cloinne air an cur gu feum fad na h-ùine anns a' bhun-sgoil – ann an obair a' chlas, ann an còmhraidh eadar thidsearan agus sgoilearan, le bhith ag èisteachd ri prògraman Gàidhlig air rèidio no bhidio agus ag èisteachd ri daoine a thig a bhruidhinn ris a' chlas air cuspairean sònraichte.

Anns na h-aonadan a leanas, tha beagan stiùiridh air dè thathar a sùileachadh aig Ìrean D agus E agus air dòighean àraidh air na sgilean seo a leasachadh.


Ann an obair air labhairt agus èisteachd, gabhaidh tidsearan a h-uile cothrom comas na cloinne ann an Gàidhlig a thoirt air adhart, gan cuideachadh gu bhith bruidhinn ann an dòigh nàdarra, siùbhlach.

## Stuthan feumail eile:

- Tha 'programmes of study' airson cànan 5-14 rim faotainn aig an làraich-lìn <http://www.highlandschools-virtualib.org.uk/pos5-14>. Am measg nan stuthan air an làraich-lìn seo tha duilleagan airson èisteachd agus labhairt le stiùireadh ann an Gàidhlig.
- Prògraman rèidio agus telebhisein
- Pasganan 'Cànan' 7 – 10
- Tha ceistean ann an 'Atlas airson Alba' mu dheidhinn coimhearsnachd na cloinne fhèin, a dh'fhaodadh a bhith nam puingean-tòiseachaidh airson rannsachadh agus òraid.

### Measadh:

- Brosnaich a' chlann a bhith ag èisteachd ri chèile agus a' dèanamh measadh air na h-òraidean aca fhèin agus aig an co-aoisean.
- Dh'fhaodadh an tidsear òraidean na cloinne a chlàradh airson cothrom a thoirt dhaibh èisteachd riutha-fhèin. Leig leotha fhèin an labhairt a mheasadh. Tha duilleag fèin/co-mheasaidh airson òraid (ìrean D –F) ri lorg air an làraich-lìn <http://www.highlandschools-virtualib.org.uk/pos5-14/lt>. Tha lethbhreac dhe seo air **duilleag-measaidh 1**.
- Tha duilleag-measaidh airson èisteachd ri fhaotainn air **duilleag-measaidh**.



# Duilleag-measaidh I

## - òraid phearsanta - Ìre D/E

Ainm: .....

Cleachd an duilleag seo airson an òraid agad fhèin no òraid chuideigin eile a mheasadh.

Ainm sgoileir: .....

Ceann-latha: .....

Cuspair na h-Òraid: .....


*Cuir cearcall mun àireimh as fheàrr a tha a' freagairt air an òraid, na do bheachd fhèin.*

4 – glè mhath

3 – math

2 – meadhanach

1 – dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr



Ro-ràdh na h-òraid (inntinneach no tarraingeach an dòigh air choreigin)	4	3	2	1
Cumadh na h-òraid (plana soilleir – air a mhineachadh math – furasta a leantainn)	4	3	2	1
Bha brìgh na h-òraid (an rud mu bheil i) inntinneach agus freagarrach	4	3	2	1
Bha taicean faicsinneach air an cleachdadh ann an dòigh a bha cur ris an òraid.	4	3	2	1
Dòigh-labhairt – guth soilleir a bha furasta a chluinntinn	4	3	2	1
Dòigh-labhairt – guth ag atharrachadh (chan e an aon fhuaim fad na h-ùine)	4	3	2	1
Dòigh-labhairt – a' cleachdadh gluasad-bodhaig agus glacadh-sùla	4	3	2	1
Ceistean – bha cothrom ann ceistean fhaighneachd.	4	3	2	1
Ceistean – bha ceistean air am freagairt gu math.	4	3	2	1
Co-dhùnadh – chrìochnaich an òraid ann an dòigh nàdarra agus cinnteach.	4	3	2	1

'S e an rud a b' fheàrr mun òraid seo .....



# Duilleag-measaidh 2

## - èisteachd - ìre D

Ainm: .....

Dè cho math 's a tha thu air èisteachd? Lìon a-steach an duilleag seo airson measadh a dhèanamh ort fhèin!


*Cuir cearcall mun àireimh as fheàrr a tha a' freagairt air an òraid, na do bheachd fhèin.*

4 – glè mhath

3 – math

2 – meadhanach

1 – dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr




Tha fios agam mus tòisich mi ag èisteachd dè tha mi feuchainn ri fhaighinn a-mach.	4	3	2	1
Is urrainn dhomh notaichean a dhèanamh de na prìomh phuingean.	4	3	2	1
Is urrainn dhomh mo notaichean a chleachdadh airson obair sgrìobhaidh air na chaidh a ràdh.	4	3	2	1
An dèidh a bhith ag èisteachd, is urrainn dhomh geàrr-chunntas a thoirt seachad air na chaidh a ràdh.	4	3	2	1
Ann an argamaid no deasbad, bheir mi cothrom do dhaoine eile am beachdan a thoirt seachad.	4	3	2	1
Is urrainn dhomh èisteachd ri stiùireadh agus an stiùireadh a leantainn.	4	3	2	1
Is urrainn dhomh èisteachd ri seòlaidhean agus an leantainn gu dòigheil.	4	3	2	1
Is urrainn dhomh m' aire a chumail air na tha an neach-labhairt ag ràdh bho thùs gu deireadh na h-òraid.	4	3	2	1
Ceistean – bidh mi a' faighneachd cheistean airson barrachd fiosrachadh fhaighinn	4	3	2	1
Ceistean – bidh mi a' faighneachd cheistean mu dheidhinn rudan nach eil mi a' tuigsinn anns an òraid.	4	3	2	1

Airson fàs nas fheàrr air èisteachd feumaidh mi ..



Eòlas air Cànan -  
Eisteachd agus  
Labhairt - Ire D







## Ro-ràdh:

Aig Ìre D, femaidh a' chlann nochdadh gur aithne dhaibh, gun tuig iad agus gun cleachd iad na faclan a leanas: fuaimreag, connrag; dualchainnt; dealbh-chluich, sealladh; na mòr-mheadhanan; barailean, bho shealladh ..; ro-ràdh, co-dhùnadh, gluasad-bodhaig agus glacadh-sùla.

## Stiùireadh do Thidsearan:

- Gabh a h-uile cothrom na faclan seo a chleachdadh mar phàirt de dh'obair làitheil a' chlas.
- Tha **duilleag-measaidh** air na faclan seo aig deireadh an aonaid.

### **Fuaimreagan agus Cònnragan**

Tha aonad air leth anns a' phac seo air Fuaimreagan agus Cònnragan.

### **Dualchainnt:**

- Thoir cothroman don chloinn èisteachd ri Gàidhlig mar a tha i air a bruidhinn ann an diofar àitichean, ag iarraidh air tidsearan à diofar sgìrean an aon teacs a leughadh mar eisimpleir. Leig leotha èisteachd ri prògraman air an rèidio no telebhisean anns a bheil daoine à diofar àitichean a' còmhraidh.

- Iarr air a' chloinn mìneachadh a sgrìobhadh airson am facal 'dualchainnt'. An uair sin iarr orra mìneachadh a lorg ann am faclair (m.e. Brìgh nam Facal). Tagh deagh mhìneachadh airson taisbeanadh air balla a' chlasruim.

- Iarr air a' chloinn faclan eile a lorg a tha a' tòiseachadh le 'dual-'. (m.e. dualchas, dualtach) Dè tha aca uile ann an cumantas?

- Dèan cruinneachadh agus taisbeanadh de fhaclan agus abairtean a bhineas don sgìre anns a bheil an sgoil. (Gàidhlig agus Beurla). Ma tha clann à sgìrean eile anns a' chlas, brosnach iad a bhith ag innse ciamar a thèid an aon rud a ràdh anns an sgìre sin. Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gu bheil a h-uile dualchainnt sònraichte agus luachmhor.

- Thoir cothroman don chloinn èisteachd ri dualchainnt/cànan eile a tha air an labhairt ann an Alba agus dèan cinnteach gun aithnich iad gu bheil iad uile nam pàirt de dhualchas luachmhor na dùthcha. Leugh a-mach teacs ann an Doric no Lallans agus bruidhinn mu dheidhinn co às a thàinig e. Thoir cothroman don chloinn bàrdachd Raibeirt Burns a chluinntinn agus a leughadh.

Tha stuthan feumail ann an 'Haud Yer Tongue: A Scot's Odyssey' ([www.channel4.com/learning](http://www.channel4.com/learning) no taidhp 'Haud Yer Tongue' a-steach dhan *search engine*.) agus ann an cruinneachaidhean de rannan cloinne, mar eisimpleir: 'Traditional Scottish Nursery Rhymes' le Norah & William Montgomerie (*Chambers 1985*)

- Bruidhinn mu dheidhinn 'truail-chainnt' no 'slang'. Dè tha ann? Coimhead airson eisimpleirean dhe ann an teacsaichean. Dè na faclan truail-chainnt a bhios a' chlann fhèin a' cleachdadh? Minich don chloinn gu bheil buaidh tric aig na mòr-mheadhanan air faclan 'truail-chainnt', agus gun atharraich iad bho ghinealach gu ginealach.

- Bruidhinn mu dhualchainnt a tha ri chluinntinn air prògraman telebhisein le bhith a' faighneachd cheistean mar: Ciamar a tha prògram naidheachdan eadar-dhealaichte bho phrògram leithid 'Biker Grove' a thaobh cànan? An aithnich sibh an diofar eadar dualchainnt nan caractaran ann am prògraman leithid 'Eastenders' agus 'Monarch of the Glen'?

### **Dealbh-chluich, sgriopt agus sealladh:**

- Iarr air a' chloinn innse dè tha am facal dealbh-chluich a' ciallachadh agus sgrìobhadh ciamar a tha dealbh-chluich diofraichte bho nobhail no pìos bàrdachd.

- Coimhead air sgriopt còmhla ris a' chloinn. Dè tha sònraichte mun dòigh anns a bheil e air a sgrìobhadh? Carson a tha e air a sgrìobhadh mar sin?

- Faighnich don chloinn dè tha ann an sealladh. Carson a tha dealbh-chluich air a roinn ann an seallaidhean? Dè bhios a' tachairt mar as trice anns a' chiad shealladh? (Caractaran agus 'trioblaid' air an toirt a-steach). Carson a tha sealladh ann uaireannan le 'flashback'?

- Leugh no coimhead air dealbh-chluich còmhla ris a' chloinn. Faighnich dhaibh dè thachair anns a' chiad shealladh? Dè thachair anns an t-sealladh mu dheireadh? Dè an sealladh a b' fheàrr leotha agus carson?

- Thoir cothroman don chloinn buidheann-dràma fhaicinn agus/no èisteachd ri dealbh-chluich air an rèidio no coimhead air dealbh-chluich air telebhisean. Bruidhinn mu dheidhinn nan caractar, a' phlota, nan seallaidhean agus dè bha math/dona mun deidhinn.

- Iarr air a' chloinn dealbh-chluich le aon sealladh a sgrìobhadh agus a dhèanamh air beulaibh luchd-amais. Aig àm eile, iarr orra dealbh-chluich le dhà no trì sheallaidhean a sgrìobhadh.

### **Na mòr mheadhanan agus barailean / A' faicinn rudan bho shealladh chuideigin eile:**

Dèan cinnteach gun tuig a' chlann dè thathar a' ciallachadh le '**na mòr mheadhanan**':- m.e. pàipearan-naidheachd, irisean, telebhisean, rèidio, eadar-lìon, sanasachd, filmichean...

- Iarr air na sgoilearan earrann a sgrìobhadh mu dheidhinn dè na mòr mheadhanan a bhios iad fhèin a' cleachdadh. Cuidich iad gu bhith a' beachdachadh air na ceistean air **duilleag-obrach 1** mu dheidhinn nam mòr mheadhan agus rudan a tha math agus dona mun deidhinn: buaidh, firinn/breug, fiosrachadh, pressure, entertainment agus mar sin air adhart. Brosnaich a' chlann gu bhith a' smaoineachadh air dòighean anns an do dh'atharraich rudeigin anns na mòr mheadhanan am barailean no an dòigh-beatha aca fhèin (mar eisimpleir a thaobh rudan is toil leotha a bhith dèanamh, ceòl, aodach, no am beachdan air duine, no an t-eòlas a th' aca air cuspair.)



- Thoir lethbhreac de dhuilleag-aghaidh phàipeir-naidheachd don chloinn agus iarr orra ceistean a fhreagairt air (faic **duilleag-obrach 2**).

- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann dè tha am facal 'barail' a' ciallachadh. Iarr orra am barail fhèin a sgrìobhadh air film, air leabhar, air aodach-sgoile no air rudeigin a thachair anns na naidheachdan o chionn ghoirid no ann an eachdraidh. Carson a tha barailean eadar-dhealaichte aig diofar dhaoine air an aon rud?

- Nuair a tha sibh a' coimhead air teacs, broснаich a' chlann a bhith a' lorg abairtean a tha a' sealltainn barail an sgrìobhadair.

- Iarr air a' chloinn feuchainn ri rudeigin fhaicinn bho shealladh bheathaich eile no bho shealladh chuideigin ann an eachdraidh. Iarr orra pìos bàrdachd no sgeulachd a sgrìobhadh a' sealltainn rudan bhon t-sealladh sin: Seo eisimpleirean:

Ionnsaigh Lochlannach bho shealladh fear de na Lochlannaich.

Ionnsaigh Lochlannach bho shealladh chuideigin a tha a' fulang bhon ionnsaigh.

Tuairisgeul den chidsin bho shealladh luchraig.

Tuairisgeul de bhàta bho shealladh iasg.

Gèam ball-coise bho shealladh chuideigin anns an sgioba a bhuannaich

Gèam ball-coise bho shealladh chuideigin anns an sgioba a chaill.

Tagh cuid de na sgeulachdan airson an leughadh a-mach don chlas. Bruidhinn mu dhòighean anns am bi sealladh an sgrìobhadair ag atharrachadh na sgeulachd.

### **Ro-ràdh agus co-dhùnadh:**

- Iarr air a' chloinn mìneachadh a sgrìobhadh airson an fhacail **ro-ràdh**. Cleachd na freagairtean aca airson an tuigse a mheasadh. Dèan an aon rud airson an fhacail **co-dhùnadh**. Sgrìobh am mìneachadh as fheàrr air a' bhòrd-dhubh, no air pìos pàipeir air balla a' chlasruim.

- Bruidhinn mu dheidhinn carson a tha ro-ràdh feumail aig toiseach òraide agus carson a tha co-dhùnadh feumail aig deireadh òraide.

- Brosnaich a' chlann na briathran 'ro-ràdh' agus 'co-dhùnadh' a chleachdadh nuair a tha iad a' dèanamh plana airson òraid no obair sgrìobhaidh (m.e. aithisg) agus nuair a tha iad a' measadh òraid a rinn iad fhèin no cuideigin eile. (faic duilleag-measaidh 1 – òraid phearsanta ann an 'Èisteachd agus Labhairt - Ro-ràdh).

- Coimhead cuideachd air an ro-ràdh ann an leabhraichean (m.e. 'Mo Chiad Fhaclair', 'Tog Fonn'). Carson a tha e ann? Ciamar a tha e coltach ri ro-ràdh ann an òraid?

### **Glacadh-sùla agus gluasad bodhaig:**

- Bruidhinn mu cho cudromach 's a tha **glacadh-sùla** agus **gluasad bodhaig** ann a bhith a' bruidhinn gu h-èifeachdach ri daoine eile. Airson seo a shealltainn, innis (no leugh) sgeulachd ghoirid no pìos bàrdachd dhan chlas gun a bhith a' coimhead orra ach a' coimhead mun cuairt ort no sìos air an làr. Bruidhinn gun a bhith ag atharrachadh do ghuth idir agus gun a bhith a' gluasad càil ach do bhilean. Faighnich don chlas dè bha ceàrr mun libhrigeadh agad. An uair sin, libhrig an aon sgeulachd no pìos bàrdachd a-rithist, ag atharrachadh do ghuth, a' coimhead air an luchd-amais agus a' cleachdadh gluasad-bodhaig airson puingean a shoilleireachadh.



- Iarr air a' chloinn coimhead air daoine eile a' bruidhinn (m.e. tidsear aig co-thional, daoine air an telebhisean), a' toirt aire shònraichte air mar a bhios iad a' cleachdadh gluasad-bodhaig agus glacadh-sùla.

- Mas urrainn dhut, iarr air sgeulaiche thighinn a-steach dhan sgoil. Bruidhinn mu na dòighean anns am bi sgeulaiche a' dèanamh sgeulachd beò tro ghluasad-bodhaig agus ghlacadh-sùla.

Faighnich ceistean airson puingean a shoilleireachadh don chloinn, mar eisimpleir:

An do choimhead an sgeulaiche air an luchd-amais fad na h-ùine?

Cuin agus carson a choimhead e/i air falbh?

Ciamar a dh'atharraich an sgeulaiche a g(h)uth?

Dè cho èifeachdach 's a bha sin?

An do shuidh/sheas an sgeulaiche socair fad na h-ùine no an do ghluais e/i? Ciamar a chuidich sin an sgeulachd?

Ma thig buidheann dràma dhan sgoil, gabh an cothrom a-rithist coimhead air mar a bhios na cluicheadairean a' coimhead air an luchd-amais agus a' cleachdadh gluasad-bodhaig.

- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gu bheil glacadh-sùla cudromach ann an èisteachd cuideachd, airson sealltainn don neach-labhairt gu bheil iad ag èisteachd. Le bhith a' coimhead air gluasadan agus aodannan an luchd-amais, chì an neach-labhairt a bheil iad a' tuigsinn na tha e/i ag ràdh; a bheil an òraid inntinneach no ro dhoirbh agus mar sin air adhart. Tha dràma feumail an seo. Iarr air a' chloinn leigeil orra gu bheil iad ag èisteachd ri:-

- a) sgeulachd gu math inntinneach
- b) droch naidheachdan
- c) cuideigin a' dol air adhart agus air adhart
- d) òraid nach eil iad a' tuigsinn idir
- e) cuideigin a' toirt dhaibh stiùireadh cudromach

- Iarr air a' chloinn sgilean glacadh-sùla agus gluasad-bodhaig a mheasadh nuair a tha iad fhèin agus an co-aoisean a' labhairt ri luchd-amais. (faic duilleag-measaidh 1 anns an ro-ràdh). Dh'fhaodadh tu an òraid aca a chlàradh airson cuideachadh le seo.

- Faic cuideachd an t-aonad 'Mothachadh air Luchd-Amais' anns a' phac seo.





# Eòlas air Cànan – Na Mòr Mheadhanan – duilleag-obrach 1

Ainm: .....

**a.l.** Dè thathar a' ciallachadh leis 'na mòr mheadhanan'? Cuir cearcall mun h-uile fear a tha na phàirt de na mòr mheadhanan.


film   pàipear-naidheachd   leabhar-latha   iris   rèidio

DVD   telebhisean   eadar-lìon   sgeulachd a sgrìobh  
thu anns an sgoil

2. Dè an fheadhainn dhiubh seo a bhios tu fhèin a' cleachdadh?

3. Dè am fear as fheàrr leat?

4. Mìnich do fhreagairt.



5. A bheil thu a' smaoinichadh gur e rudan math no dona a th' anns na mòr mheadhanan?

6. Mìnich do fhreagairt.

7. A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil a h-uile rud a tha air innse tro na mòr mheadhanan fìor?

8. A bheil thu a' smaoinichadh gum bi na mòr mheadhanan uaireannan a' toirt air daoine an dòigh-beatha no am beachdan atharrachadh?



# Eòlas air Cànan – Na Mòr mheadhanan – duilleag-obrach 2

Ainm: .....

**a.** Coimhead air duilleag-aghaidh pàipeir-naidheachd agus freagair na ceistean seo:

1. Dè an t-ainm a th' air a' phàipear-naidheachd?
2. Dè a' phrìomh cheann-naidheachd a th' air?
3. Co mu dheidhinn a tha thu a' smaoinichadh a tha an aithisg sin bhon cheann-naidheachd?
4. Leugh an aithisg. Cò sgrìobh i?
5. Sgrìobh trì rudan a dh'ionnsaich thu bhuaipe.



6. Coimhead air dealbhan air an duilleag-aghaidh. Carson a tha iad ann?

7. Cia mheud colbh a th' air an duilleig-aghaidh?

8. An toireadh an duilleag-aghaidh sin ort am pàipear a cheannach no a sheachnadh?

9. Minich do fhreagairt.






# Duilleag-measaidh

## Eòlas air Cànanain - Ìre D

Ainm: .....

Lìon a-steach an tòimhseachan-tarsainn seo. Tha na freagairtean uile co-cheangailte ri eisteachd agus labhairt ann an dòigh air choreigin!



### TARSAINN

2. Na \_\_\_-mheadhanan; reidio, TBh, pàipearan-naidheachd 7c (3)
4. Co-\_\_\_\_\_; crìochnaich òraid no aithisg le seo (7)
5. Fear de na litrichean a, e, i, o no u (9)
7. Bruidhinn eadar dithis no barrachd (8)
8. \_\_\_\_\_- chluich; sgeulachd air a cluiche air an àrd-ùrlar (6)
9. Feumaidh tu do chluasan a chleachdadh airson seo a dhèanamh. (9)
11. Glacadh-\_\_\_\_\_; tha seo cudromach nuair a tha thu a' bruidhinn (4)
12. Ro-\_\_\_\_\_; earrann aig toiseach leabhair no òraid (4)

### SÌOS

1. Litir sam bith nach eil na fuaimreag (7)
3. Facal eile airson 'beachd' (6)
4. Dòigh air am bi daoine a' bruidhinn ann an sgìre àraidh (11)
6. Pàirt de dhealbh-chluiche; na chì thu a aon àite (8)
10. Luchd-\_\_\_\_\_; na daoine ris a bheil thu a' bruidhinn (5)



## Freagairtean - Eòlas air Cànan – Èisteachd agus Labhairt

### Duilleag-obrach 1

**A**.1. film, pàipear-naidheachd, iris, rèidio, telebhisean, eadar-lìon, DVD


2- 8 Freagairtean nan sgoilear fhèin.

### **Duilleag-measaidh Ìre D**

- |             |           |              |            |              |             |
|-------------|-----------|--------------|------------|--------------|-------------|
| 1. connrag  | 2. mòr    | 3. barail    | 4. dhùnadh | 5. fuaimreag | 6. sealladh |
| 7. còmhradh | 8. dealbh | 9. èisteachd | 10. amais  | 11. sùla     | 12. ràdh    |



Eòlas air Cànan -  
Eisteachd agus  
Labhairt - Ire E





## Ro-ràdh

Aig Ìre E feumaidh a' chlann nochdadh gun aithne dhaibh, gun tuig iad agus gun cleachd iad na faclan **cruth cànan, luchd-amais sònraichte, argamaid, abairt, còmhradh** agus **deasbad**.

- Tha **duilleag-measaidh** air na faclan seo aig deireadh an aonaid.

### **Cruth cànan:** *(tone)*

- Brosnaich a' chlann a bhith a' beachdachdadh dè tha **cruth cànan** an neach-labhairt a' sealltainn mu na faireachdainnean aige/aice, gu h-àraidh nuair a tha iad ag èisteachd ri prògram air rèidio no a' coimhead buidheann dràma.

- Cleachd dràma airson cothroman a thoirt don chloinn **cruthan cànan** eadar-dhealaichte fheuchainn a-mach. Thoir dhaibh seantans no ceist (mar eisimpleir: 'Dè nì sinn a-nis?' no 'Tha mi cinnteach gur e seo an t-slighe cheart.') agus iarr orra a ràdh ann an iomadh cruth cànan eadar-dhealaichte. Seo feadhainn a dh'fhaodadh iad fheuchainn:

socair,	fiadhaich,	sgìth,	beothail,	geur
làn briseadh-dùil,	truacanta,	searbh,	aighearach,	
magach,	àrdanach,	frionasach,	'bossy'	
gealtach,	iomagaineach	ùghdarrach		

- Brosnaich a' chlann a bhith a' cleachdadh cruth cànan airson sealltainn faireachdainnean agus caractar dhaoine ann an dràma agus cuideachd nuair a tha iad a' leughadh a-mach sgeulachd.

Luchd-amais sònraichte: (target audience)

- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann cò an luchd-amais sònraichte a th' ann airson òraid no sgrìobhadh sam bith a nì iad.

- Dèan 'brainstorm' còmhla ris a' chlas no bhuidhinn de dhiofar **luchd-amais sònraichte**.  
Bruidhinn mu fheumalachdan eadar-dhealaichte gach luchd-amais agus mar a choileanas an neach-labhairt no sgrìobhadair na feumalachdan sin. Thoir cothroman don chloinn sgrìobhadh no bruidhinn ri cuid de na luchd-amais seo:

Clann nas òige (m.e. sgoil-àraich) Clann nas sine pàrantan

tidsear co-aoisean

cuideigin taobh a-muigh na sgoile is aithne dhaibh

cuideigin taobh a-muigh na sgoile nach aithne dhaibh

- Iarr air a' chloinn coimhead air prògram telebhisein no èisteachd ri prògram rèidio ('s dòcha airson obair-dachaigh?) agus beachdachadh mu dè an luchd-amais sònraichte a bha aig na daoine a rinn am prògram agus dè cho freagarrach 's a bha am prògram don luchd-amais sin. Dh'fhaodadh iad fear dhiubh seo a thaghadh:

Prògram spòrs; Prògram Gàidhlig; Prògram do chlann fo aois sgoile;

Dealbh-èibhinn; Prògram còcaireachd; Prògram nàdair;

**Argamaid:** (faic cuideachd aonad 'Teacsaichean Neo-fhicsean' anns a' phac seo.)

Iarr air a' chloinn fhèin mìneachadh a sgrìobhadh airson an fhacail 'argamaid'. Minich dhaibh an dà mhìneachadh diofraichte seo a tha aig an fhacal:

1. a' trod
2. a' cur air adhart adhbhar airson no an aghaidh rudeigin

- Iarr air a' chloinn dhà no trì argamaidean a sgrìobhadh airson agus / no an aghaidh gach abairt connsachail a leanas:

- a) 'S e Alba an dùthaich as fheàrr anns an t-saoghal.
- b) Tha làithean-saora nas fheàrr na làithean sgoile.
- c) Tha balaich nas glice na nigheanan.
- d) Tha plèanaichean mìorbhaileach.
- e) Tha telebhisean dona dhuinn.
- f) Cha bu chòir do dhuine sam bith suiteis ithe.

**Abairt (Statement)**

- Sgrìobh ainmear (m.e. Dùn Èideann/ banana/ an sgoil agad) air a' bhòrd dhubh agus iarr air a' chloinn còig rudan a ràdh mu a dheidhinn no còig abairtean 'statements' a sgrìobhadh mu dheidhinn.

- Iarr air a' chloinn abairt a lorg ann an leabhar fiosrachaidh. A bheil a h-uile abairt ann an leabhraichean fìor? Dè mu dheidhinn ann an òraidean?



**Còmhradh:** (*Conversation*) (*Faic cuideachd an t-aonad air 'Còmhradh' anns a' phac seo.*)

- larr air a' chloinn mìneachadh a sgrìobhadh airson 'còmhradh'. Sgrìobh am mìneachadh as fheàrr air postair air a' bhalla no air a' bhòrd-dhubh.
- larr orra am facal 'còmhradh' a lorg anns an thesaurus '*Dòigh Eile air a Ràdh*'. agus ann am faclair.
- larr orra seantans a sgrìobhadh, a' cleachdadh an fhacail 'còmhradh'.
- larr orra seantansan a sgrìobhadh no a labhairt airson cuid de na faclan eile a nochdas air an aon duilleig ri 'còmhradh' ann an '*Dòigh Eile air a Ràdh*' airson measadh dè cho math 's a tha iad a' tuigsinn mìneachadh nam facal. (m.e. *trod, mol, a' brunndail*)
- Thoir cothroman don chloinn a bhith a' còmhradh mu dheidhinn na rinn iad aig an deireadh sheachdain, no mu dheidhinn rud sam bith eile, agus a bhith ag èisteachd ri Gàidheil fhileanta a' còmhradh, air an rèidio mar eisimpleir.

**Deasbad:** (*Debate*) (*Faic cuideachd na h-aonadan air 'Labhairt ann am buidhnean' agus 'Teacsaichean Neo-fhicsean' anns a' phac seo.*)

- larr air a' chloinn beachdachadh air a' cheangal, agus an diofar, eadar còmhradh agus deasbad. 'S e seòrsa de còmhradh a th' ann an deasbad. Anns gach fear bidh daoine a' bruidhinn ri chèile, ach ann an deasbad tha na daoine a tha a' gabhail pàirt a' cur bheachdan no argamaidean air adhart air cuspair air choreigin.
- Clàraich deagh eisimpleir de còmhradh (mar eisimpleir, dithis charaid a' bruidhinn mu dheidhinn na h-aimsire, no 'phone-in' air Radio nan Gàidheal) agus deagh eisimpleir de dheasbad (mar eisimpleir, buidheann a' deasbad mu dheidhinn rudeigin a thachair anns na naidheachdan). Èist airson abairtean a nochdas tric ann an deasbadan: m.e. 'Tha mise den bheachd ...' 'A bharrachd air an sin...', '
- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann an diofar eadar deasbad sgrìobhte agus deasbad air a labhairt (deasbad bheò). Ann an deasbad sgrìobhte, bidh an sgrìobhaidear a' sealltainn an dà thaobh de dh'argamaid. Ann an deasbad bheò, far a bheil diofar dhaoine a' bruidhinn, bidh gach duine a' cur air adhart na h-argamaid aige/aice fhèin.





# Duilleag-measaidh

## - Eòlas air Cànan - Ìre E

Ainm: .....

Tagh am facal as fheàrr bhon bhogsa airson crìoch a chur air na seantansan a leanas. 'S dòcha gum bi agad ris an aon fhacal a chleachdadh barrachd air aon turas!

argamaid	còmhradh	deasbad	seòlaidhean
luchd-amais	barailean	shealladh	phuingean

- a.** 1. Dh'èist mi ri.....air an rèidio a-raoir mu dhòighean air an àrainneachd a dhìon.
2. Bha a h-uile duine a bha a' gabhail pàirt anns an.....a' bruidhinn bho.....eadar-dhealaichte.
3. Aig an deireadh, fhuair an.....cothrom ceistean a chur air na daoine a bha a' gabhail pàirt anns an.....
- b.** 1. Rinn am fear-labhairt dhà no trì.....eadar-dhealaichte anns an òraid aige.

2. . Thuir e gu robh deagh.....ann airson  
tuathanasan-gaoithe ach gu robh.....làidir nan  
aghaidh cuideachd.

3. Thuir e gu robh e a' bruidhinn bho.....chuideigin a bha  
a' fuireach faisg air tuathanas-gaoithe.

**C.1.** Bha.....eadar-dhealaichte aig a h-uile duine air dè  
an t-slighe a bu chòir dhuinn a ghabhail agus thòisich iad  
ag.....

2. Dh'iarr mise air fear na bùtha.....a thoirt dhuinn  
agus choisich sinn chun na stèisein.

3. Chuala sinn.....èibhinn air a' bhus eadar dithis  
bhodach mun danns a-raoir.

**d.** Sgrìobh ceithir cruthan cànan eadar-dhealaichte anns am bi daoine  
a' bruidhinn.






Freagairtean - Duilleag-mheasaidh ire E

- A.     1. deasbad (gabhadh ri argamaid)  
       2. deasbad; shealladh  
       3. luchd-amais; deasbad
- B.     1. puingeann  
       2. argamaid; argamaid  
       3. shealladh
- C.     1. barailean; argamaid  
       2. seòlaidhean  
       3. còmhradh
- D.     Tha tòrr ann – m.e. feargach, sunndach, dòchasach, searbh, aighearach, àrdanach ...



Ag Èisteachd  
airson  
Fiosrachadh





## Ro-ràdh:

Aig Ìre D bidh clann ag 'èisteachd ri teacsaichean anns a bheil pìosan de dh'fhiosrachadh, de sheòladh no de stiùireadh, agus a' nochdadh gu bheil iad a' tuigsinn na tha iad a' cluinntinn agus gun tèid aca, ma tha sin iomchaidh, air roghainn no co-dhùnadh a dhèanamh air bhonn na chualas.' (Stiùireadh Nàiseanta 5-14 Gàidhlig)

An seo tha teacsaichean a ghabhas cleachdadh aig an ìre seo airson cothroman a thoirt don chloinn an sgilean èisteachd a leasachadh.

Tha aig clann ri èisteachd airson fiosrachadh agus stiùireadh tric nuair a tha iad anns an sgoil. Seo gnìomhan eile a ghabhas cleachdadh a bharrachd air an èisteachd chudromach a bhios a' tachairt a h-uile latha!

## Stiùireadh do Thidsearan:

\* Cuidich a' chlann gu a bhith ag èisteachd nas èifeachdaiche ri teacsaichean agus ri luchd-labhairt (m.e. aig co-thional na sgoile). Dèan cinnteach gu bheil fhios aca dè tha iad a' feuchainn ri fhaighinn a-mach **mus tòisich iad ag èisteachd**. Dh'fhaodadh tu ceistean a thoirt dhaibh ro làimh no innse dhaibh gum bi thu ag iarraidh air cuideigin (na innis cò!) ath-aithris a dhèanamh air na chuala iad.

\* Thoir tòrr chothroman don chloinn èisteachd ri prògraman Gàidhlig air rèidio agus telebhisean (m.e. Mu Chuart Alba agus Sgeul nan Òran). A-rithist, èistidh iad nas fheàrr ma tha ceistean aca ro làimh no ma tha fhios aca dè am fiosrachadh a tha iad a' lorg. Dh'fhaodadh iad èisteachd ri clàradh de na naidheachdan uair san t-seachdain agus ceistean a fhreagairt mun deidhinn. Tha aithrisean air an t-side feumail cuideachd.

\* Tha geamannan leithid 'Chinese Whispers' fhathast feumail aig ìre D agus E. Tòisich le seantans meadhanach fada, le seòlaidhean gu àite, le liosta de rudan ri cheannach no fiosrachadh mu dheidhinn beathach no àite.

\* Dh'fhaodadh an clas air fad èisteachd ri na teacsaichean a leanas agus na ceistean mun deidhinn a fhreagairt, no 's dòcha gun cleachd thu iad le buidheann a-mhàin. Tha cuid de na teacsaichean furasta gu leòr agus tha feadhainn eile nas doirbhe. Tha \* a' sealltainn nach eil an teacs ro dhoirbh. Tha \*\*\* a' sealltainn gu bheil e iomchaidh airson clann nas fhileanta aig ìre D ach gum bi e doirbh do chuid.

\* Uaireannan dh'fhaodadh sgoilear an teacs a leughadh a-mach don chlas an àite an tidseir. Bheir seo cothrom don chloinn èisteachd ri guth eadar-dhealaichte agus bheir e l'uchd-èisteachd fìor don neach-leughaidh. Bruidhinn ro làimh mu dheidhinn rudan a tha cudromach ann an leughadh a-mach: a' leughadh na teacs gu sàmhach mus tòisich iad a leughadh a-mach; guth soilleir; gun a bhith bruidhinn ro luath; a' stad aig deireadh sheantansan, etc.

**a.** Seo sgeulachd ghoirid, a tha èibhinn ach fìor, bhon phàipear-naidheachd An Gaidheal Ùr. Sgrìobh na ceistean air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn na ceistean a leughadh mus èist iad ris an earrainn. An uair sin leugh an earrann dhaibh aig astar nàdarach a' chiad turas agus an uair sin rud beag nas slaodaiche an dara turas. Thoir ùine don chloinn freagairtean a sgrìobhadh, no notaichean a sgrìobhadh a chumas na freagairtean nan cuimhne.

### Am Poileas Tapaidh \*

Fhuair aon phoileas à New York air mèirlich banca a ghlacadh gun duine aige ga chuideachadh ann an 1995. Bha 23 clachan de chuideam ann an Levett Sponge, am poileas tapaidh seo. Chunnaic e a' mhèirle a' tachairt agus dh'fheuch e ri dhol a-steach dhan bhanca tro dhoras cuairteachaidh. Bha e cho tiugh 's gun do steig an doras, 's cha ghluaiseadh. Cha robh dòigh sam bith eile ann anns am faigheadh na mèirlich a-mach, agus bha aca ri iad fhèin a thoirt suas.

An Gaidheal Ùr An Lùnastal 2002

### Ceistean

Cuin a thachair a' mhèirle seo?  
Cò chuidich e gus na mèirlich a ghlacadh?  
Dè rinn na mèirlich?  
Dè an gnè sgrìobhaidh a tha seo?

Dè cho trom 's a bha am poileas?  
Dè an seòrsa dorais a bh' ann?  
Carson a tha thu a' smaointinn sin?



**b.** Seo earrann eile bhon aon phàipear-naidheachd, ach an turas seo 's i sgeulachd mas-fhìor a th' ann. A-rithist leig leis a' chloinn na ceistean fhaicinn mus cluinn iad an earrann. Leugh i a-mach dà thuras.

### Muinntir Chlaonaboist \*

Chan eil mòran dhaoine à Claonabost a' faighinn air adhart anns an t-saoghal, ach bha aon fhear, Dòmhnall Eoghain an Bhàin, a fhuair air faighinn tron fhoghlam agus bha e na fhear-lagha. Mar bu trice bha e a' faighinn air adhart math gu leòr, ach vaireannan anns an taigh-chùirte bhiodh e a' tighinn a-mach le ceistean gu math gòrach.

Bha e aon turas a' dìon fear a bha aig cùirt an dèidh tubaist càir far an do bhuail dà chàr na chèile. Bha e an toiseach a' dèanamh ceart gu leòr, a' dearbhadh dè an taobh a bha an càr a' siubhal, dè an seòrsa aimsir a bh' ann, dè an seòrsa càir a bha aige, dè na bha de chàraichean eile air an rathad, a' faighneachd dè cho sgìth 's a bha iad agus mar sin air adhart.

Thòisich e an uair sin a' tighinn faisg air cnag na cùise, ach chaidh an siorraidh 's a h-uile duine eile sa chùirt gu gàireachdainn nuair a dh'fhaighnich e,

"A-nis an innis thu dhomh dè cho fada 's a bha an dà chàr bho chèile nuair a bhuail iad na chèile."

Dè a b' urrainn dhan duine bho chd a fhreagairt ri ceist mar sin ...

An Gaidheal Ùr An Lùnastal 2002

### Ceistean

Co às a bha Dòmhnall Eoghain an Bhàin?

Ciamar a bha e eadar-dhealaichte bho mhuinntir eile an àite?

Dè an obair a bha aige?

Dè bha e a' feuchainn ri dhèanamh anns a' chùirt an turas seo?

Dè seòrsa cheistean a bha e a' faighneachd? (feuch ri 2 fhaighinn)

Carson a thòisich an siorraidh agus na daoine eile sa chùirt a' gàireachdainn?



**C.** Seo earrann bho leabhran fiosrachaidh mu dheidhinn na Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh le Comunn na Gàidhlig. Tha an earrann seo mu dheidhinn Earra Ghaidheal. Bidh e caran doirbh do chuid den chloinn. Leugh e co-dhiù dà thuras agus na leugh ro luath e. Brosnaich a' chlànn gu èisteachd a' chiad thuras agus notaichean a sgrìobhadh an dara turas.

Earra Ghaidheal \*\*\*

Faodaidh gun do nochd na ciad Ghaidheil Èireannach air tìr an Alba mu 450 A.D. faisg air Dùn a' Bhearraidh an ceann a deas Chinn Tìre far a bheil làrach fhathast. B' e 'Scotti' a chanadh na Ròmanaich riutha.

Thìrich na Gaidheil ann an Earra Ghaidheal, air an tug iad 'Dal Riata' mar chuimhneachan air an dachaigh Èireannach a dh'fhàg iad. Chuir na Cruithnich nan aghaidh gu fiadhaich agus bha na Gaidheil an eisimeil sreath de dhùin airson an dìon. Tha làrach Dùn Ad faisg air Ceann Loch Gilb na dheagh eisimpler 's far a bheil cuideachd snaidheadh aosta Cruithneach.

Sa bhliadhna 563 thàinig Colum Cille à Èirinn gu Dal Riata. Le searmonachadh cumhachdach thug e soisgeul Crìosdail do na Cruithnich. Stèidhich e taigh mhanach air Eilean Ìdhe, agus tha an t-eilean na àite spioradail bhon àm sin. Thiodhlaiceadh rìghrean Albannach agus Lochlannach ann fad mìle bliadhna.

Tha croisean àlainn Ceilteach agus mòran chomharran adhraidh eile air Eilean Ìdhe. Anns na Linntean Meadhanach bha e na ionad ainmeil foghlaim agus tha beachd gur ann an sin a chaidh an soisgeul ainmeil aig Kells a dheasachadh san 8mh linn.

Dh'aonaich an rìgh ainmeil Coinneach MacAilpein na Cruithnich agus na Gaidheil ann an 843, a' chiad rìgh air 'Albainn', a bha gabhail a-staigh a' mhòr-chuid den dùthaich tuath air na h-aibhnichean Dubh agus Chluaidh. Sgaoil cultar nan Gaidheal air feadh na dùthcha, agus bha Gàidhlig ga cleachdadh aig an rìgh agus a' mhòr-chuid de shluagh. Mhair 'Alba' mar ainm Gàidhlig air an dùthaich gus an latha 'n-diugh.

Fàilte (Comunn na Gàidhlig 1995)

### Ceistean

- Cuin a thàinig na Gaidheil gu Alba à Èirinn?
- Cò thug an t-ainm 'Scotti' orra?
- Càit' an tàinig na Gaidheil air tìr?
- Dè an t-ainm a thug iad air an àite agus carson?
- Ciamar a dhìon na Gaidheil iad fhèin bho na Cruithnich fhìadhaich?
- Dè stèidhich Colum Cille air Eilean Ìdhe?
- Cuin a bha Eilean Ìdhe na ionad ainmeil foghlaim?
- Carson a tha Coinneach MacAilpein ainmeil?
- Dè an seòrsa sgrìobhadh a tha seo?



**d.** Seo earrann bhon leabhar Canada (Acair 1988). Sgrìobhaibh na ceistean air a' bhòrd-dhubh mus leugh sibh an teacs agus thoiribh cothrom don chloinn na ceistean a leughadh.

1. Co às an tàinig a' chuid as motha de shinnsirean sluagh Chanada?
2. Dè tha ann an 'Francophone'?
3. Ainmich trì duthchannan eile às an tàinig daoine a Chanada.
4. Carson a chaidh iad a Chanada?
5. Cia mheud Inuit a tha ann an Canada?
6. Cuin a thàinig na h-Ìnnseanaich Aimeireaganach a dh'fhuireach a Chanada?
7. Dè an obair a bha aca?
8. Dè an t-ainm a tha aig coigrich airson nan Inuit?

### Sluagh Chanada \*\*\*

Is ann às an Fhraing agus à Breatainn a thàinig a' mhòr chuid de shinnsirean sluagh Chanada. 'S e Quebec aon de na deich mòr-roinnean anns nach eil a' mhòr chuid a' bruidhinn Beurla. 'S e Frangais an cànan a tha aig an ceathramh cuid de shluagh Chanada. 'S e Francophones a theirear riuthasan.

Tha iomadh dòigh-beatha am measg nan daoine ann an Canada. 'S e is adhbhar dhan sin, gun tàinig mìltean de dhaoine air tùs à Èirinn, às a' Ghearmailt, an Ruis, an Eadailt, a' Pholainn agus às na dùthchannan Lochlannach. Thàinig àireamh mhòr a shìreadh obrach agus dh'fhuirich iad. A bharrachd orrasan, tha 360,000 Ìnnseanach Aimeireaganach agus 25,000 Inuit san dùthaich.

B' iad na h-Ìnnseanaich Aimeireaganach a' chiad daoine a thàinig a dh'fhuireach a Chanada o chionn còrr agus 20,000 bliadhna air ais. Is e Inneanaich nan Còmhnardan a bhiodh a' sealg nam buabhall as ainmeile. Bha feadhainn eile nan tuathanaich cuide ri bhith nan sealgairean. Tha a' mhòr chuid de na Canèidianaich ghnèitheach sin a' fuireach air fearann sònraichte an-diugh agus a' leantainn an dòigh beatha traidiseanta a bh' aig a' chiad Chanèidianaich.

Tha na h-Inuit no an Eskimo, mar a chanas na coigrich, air a bhith ann an Canada fad ceudan bliadhna. An-diugh tha iad mar as trice a' fuireach ann an taighean leis a h-uile goireas. Tha cuid dhiubh fhathast a' dèanamh beò-shlaint air bèin agus feòil nam beathaichean fiadhaich ach tha feadhainn eile ag obair ann am bailtean beaga mu thuath.

td. 22-23 **Canada – Sluagh & Aitean** le Lionel Bender (Acair 1988)

Gnìomhan eile: Cleachd teacsaichean eile bhon leabhar seo no bho leabhraichean fiosrachaidh eile (m.e. Alba ri Linn Bhrus).



**e.** Seo earrann bho chairt le fiosrachadh mu fìor-uisge (Aonad Àrainneachd le Frank Rennie agus John Love (*Acair 1991*)). Tha na cairtean seo feumail airson an dà chuid èisteachd airson fiosrachadh agus leughadh airson fiosrachadh.

Mus leugh thu an earrann innis don chloinn gu bheil i mu dheidhinn fiadh-bheatha ann am fìor-uisge agus gu bheil aca ri liosta a dhèanamh den h-uile seòrsa beathaich agus luis a th' air ainmeachadh anns an earrainn.

Ma tha tòrr fhaclan anns an earrainn a tha ùr don chloinn, dh'fhaodadh tu an sgrìobhadh air a' bhòrd-dhubh an toiseach. Iarr air a' chloinn èisteachd ris an teacs agus làmh a chur suas a h-uile turas a chluinneas iad fear de na faclan ùra a tha sgrìobhte air a' bhòrd-dhubh. Thoir dhaibh cothrom na faclan a lorg ann an faclair no bruidhinn mu dheidhinn dè tha iad a' ciallachadh mus leugh thu an earrann a-rithist.

Fìor-uisge \*\*\*

Tha na lus an a tha a' fàs air a' bhruaich a' toirt biadh is fàsgadh do thòrr mheanbh-fhrìdean agus beathaichean beaga eile. 'S dòcha gun cladhaich dòbhrain agus famhalain an dachaighean a-steach don bhruaich.

Tha lus an a tha dèidheil air uisge mar lus buidhe Bealltainn agus seileasdair agus craobhan mar feàrna agus seileach a' fàs ann an àiteachan fliuch timcheall air linneachan agus lochan.

Tha cuid de lus an a' fleòdradh air uachdar an uisge agus tha feadhainn eile ceangailte ris a' ghrund. Tha lus mar an duilleag-bhàite ceangailte ris a' ghrund ach tha na duilleagan mòra rèidh agus am flùran a' fleòdradh air uachdar.

Tha spèileadairean linne a' cleachdadh an casan fada fìnealta airson coiseachd air uachdar na linne. Tha cuid de dhaolagan a thèid fon uisge a dh'iarraidh biadh. Tha mòran èisg beò ann am fìor-uisg' ach feumaidh iad fuireach fon uisge airson a bhith beò. 'S urrainn do losgairn, muile-mhàig agus dearcan-luachrach an t-uisge fhàgail airson boiteagan, cuileagan agus meanbh-fhrìdean eile a ghlacadh.

#### Gnìomhan eile:

Gabhaidh tè sam bith de na cairtean anns a' phac Aonad Àrainneachd a chleachdadh san aon dòigh. Dh'fhaodadh a' chlann èisteachd airson beathaichean no lus an no dh'fhaodadh iad feuchainn ri ceistean a fhreagairt air an teacs.

Uaireannan iarr orra notaichean a dhèanamh a chuidicheas iad le bhith a' sgrìobhadh paragraf no a' dèanamh bileag-fiosrachaidh no dealbh mun chuspair.

Dh'fhaodadh iad an notaichean a chleachdadh airson am fiosrachadh a thoirt do bhuidheann eile anns a' chlas no clas eile anns an sgoil.

Le teacsaichean nas doirbhe, dh'fhaodadh iad dìreach a bhith ag èisteachd airson faclan nach tuig iad.





**f.** Feumaidh na sgoilearan cothrom fhaighinn a bhith ag èisteachd ri agus a' leantainn sheòlaidhean. Seo mapa de bhaile mas-fhìor agus seòlaidhean is ceistean stèidhichte air a' mhapa. Dèan cinnteach gun chluinn agus gun tuig iad na h-abairtean seo:

lean an rathad sin

theirig seachad air

theirig sìos an rathad seo

coisich air adhart

cùm a' dol gus an ruig thu / gus am faic thu

tionndaidh chun na làimhe clì / deise

na tionndaidh an sin idir

fuirich air an taobh seo dhen rathad

thar na drochaid

theirig suas an leathad

a' chiad / an dàrna / an treas rathad air do làimh chli / dheise

cuairtean / solais trafaig / sanas


sràid aon-rathad

chì thu e ri taobh / mu choinneimh / faisg air / air cùlaibh

bidh e dìreach mu do choinneamh



# Bail' Anndra - Plana den bhaile



### Seòlaidhean:

1. Tòisich aig taigh Alastair. Coisich a-mach às an taigh agus tionndaidh chun na làimhe deise. Cùm a' dol gus an ruig thu an rathad mòr. Tionndaidh chun na làimhe deise a-rithist agus cùm a' dol gus an ruig thu rathad mòr eile. An uair sin coisich chun a' chuaritein agus gabh an dàrna rathad far a' chuaritein. An uair sin gabh a' chiad rathad air do làimh chli agus tha thu ann. Càit a' bheil thu? (*Anns a' Phàirc*)

2. Cò bha dol dhachaigh às an sgoil? Thàinig i a-mach às an sgoil agus thionndaidh i chun na làimhe cli nuair a ràinig i an rathad mòr. An uair sin ghabh i a' chiad rathad air an làimh dheis. Chùm i oirre seachad air an rathad dhan bhùth mhòir air a làimh dheis agus seachad air rathad beag eile air a làimh chli. An uair sin ghabh i an ath rathad air a làimh dheis agus bha i aig an taigh. Cò bh' ann? (*Sile*)

3. Chaidh Mòrag a-mach às a taigh agus choisich i sìos an rathad gus an do ràinig i rathad mòr. An uair sin thionndaidh i chun na làimhe cli. Choisich i tarsainn an rathaid mhòir agus seachad air taigh Alastair air a làimh chli. An uair sin thionndaidh i chun na làimhe deise. Càit' an robh i? (aig an stèisean)

4. Faigh a-mach càit' a bheil Iain ag obair le bhith a' leantainn a shlighe a dh'obair. Thig e a-mach às an taigh agus bidh e a' tionndadh chun na làimhe deise air an rathad mhòr. Mus ruig e an cuairtean, bidh e a' tionndadh chun na làimhe cli agus a' cumail a' dol sìos an rathad mòr sin. Thèid e tarsainn air an rathad iarainn air an drochaid agus an uair sin bidh e a' tionndadh chun na làimhe cli. Càit' a bheil e? (*aig an tuathanas*)

5. Tha cuideigin anns an ionad spòrs ag iarraidh sheòlaidhean. Seo na seòlaidhean a thug thu dhi. Càit an robh i ag iarraidh a dhol?  
Nuair a ruigeas sibh an rathad mòr, tionndaidhibh chun na làimhe cli agus an uair sin tionndaidhibh chun na làimhe cli a-rithist. Thèid sibh thar na h-aibhne air drochaid. Cumaibh a' dol gus an ruig sibh rathad eile agus tionndaidhibh chun na làimhe deise. Thèid sibh seachad air Bùth MhicDhòmhnaill air ur làimh dheis ach cumaibh oirbh agus gabhaibh an dàrna rathad air ur làimh chli. An uair sin chì sibh e. (*an t-ospadal*)

### Mapaichean eile:

Dh'fhaodadh sibh mapa den bhaile agaibh fhèin a chleachdadh no dh'fhaodadh a' chlann fhèin mapaichean a dheasachadh le toglaichean àraidh air an comharrachadh orra. Dèanaibh cinnteach gu bheil na mapaichean aca soilleir gu leòr agus nach eil cus fiosrachaidh orra.

Seo rudan a dh'fhaodadh iad cur air na mapaichean aca fhèin. Dh'fhaodadh iad 's dòcha seachd rudan a thaghadh. Ma tha cus rudan ann, bidh e doirbh dhaibh am mapa a dhèanamh soilleir gu leòr.

bun-sgoil / àrd-sgoil / eaglais / ospadal / amar-snàimh / ionad spòrs / leabharlann  
bùth mhòr / bùth bheag / cafaidh / oifis a' phuist / banca / factoraidh / garaids  
stèisean bhuisaichean / stèisean thrèanaichean  
pàirc / gàrradh / lòn / coille / tuathanas / abhainn / sruth  
taighean an caraidean  
solais trafaig / cuairtean / drochaidean



Gnìomhan eile:

\* prògraman rèidio agus telebhisein – gu h-àraidh prògraman mu àitichean no daoine eadar-dhealaichte, aithris na sìde, naidheachan, aithrisean spòrs. Dèan cinnteach gun tuig a' chlann carson a tha iad ag èisteachd – airson ceistean a fhreagairt, airson an cuideachadh le pròiseact, airson notaichean a ghabhail gus aithris air a' chuspair, no 's dòcha gun tagh an tidsear aon neach no aon bhuidheann airson ath-aithris a dhèanamh air a' phrògram nuair a tha e deiseil.

\* ag èisteachd ri seòlaidhean ann an obair saidheans no ealain no aig àm cleasachd.

\* tidsear no aon sgoilear anns a' chlas a' toirt sheòlaidhean dhan chlas airson 'ulaidh' a lorg air mapa no anns an raon-chluiche.

\* role-play...atharrais: aon bhuidheann a' toirt sheòlaidhean do bhuidhinn eile, a' leigeil orra gur e luchd-turais a th' annta agus gu bheil iad ag iarraidh faighinn a-mach ciamar a ruigeas iad àitichean air a bheil a' chlann eòlach.

\*\*\*\*\* Tha tòrr gnìomhan èisteachd math airson ìrean C-E anns a' phac Bheurla An Apple for the Teacher Time to Listen 2 " 1995 a ghabhadh eadar-theangachadh. \*\*\*\*\*



# Ag èisteachd ri Naidheachdan





## Ro-ràdh:

Airson èisteachd airson fiosrachadh aig Ìre D, 'leudaichidh an tidsear air na gnìomhan èisteachd gus nithean gnìomhachail mar naidheachdan agus prògraman fiosrachaidh bho rèidio is telebhisean a ghabhail a-staigh.' Anns an earrainn seo tha eisimpleir de naidheachdan agus an seòrsa cheistean a ghabhas faighneachd mun deidhinn gus sgilean èisteachd na cloinne a leudachadh. Bidh na ceistean a' toirt orra notaichean a dhèanamh agus a chleachdadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh air na chuala iad agus a bhith a' beachdachadh air an luchd-èisteachd.

## Stiùireadh do Thidsearan:

**a.** Feumaidh tu clàraidhean de phrògraman naidheachdan Gàidhlig (co-dhiù 3) agus na naidheachdan sgrìobhte a gheibhear anns an aonad seo.

Bruidhinn ris a' chlas no bhuidhinn mu dheidhinn naidheachdan. Carson a tha naidheachdan ann? Cò bhios ag èisteachd riutha? Cuin agus ciamar a chluinneas iad naidheachdan Gàidhlig? Dè seòrsa fiosrachadh a tha air a thoirt seachad ann am prògram naidheachdan?

1. Leig leotha èisteachd ri prògram naidheachdan air an rèidio (no ri clàradh de phrògram) gun a bhith a' gabhail notaichean. Faighnich dhaibh ceistean mu na naidheachdan.\* Bruidhinn mu dheidhinn carson a tha e doirbh na ceistean a fhreagairt (*cha robh na ceistean aca ro-làimh, chan eil cuimhne aca air na naidheachdan air fad, tha e doirbh cuimhneachadh air aon rud an dèidh rud eile a chluinntinn ...*)
2. Innis dhaibh gu bheil sibh a' dol a dh'èisteachd ri naidheachdan eile ach an turas seo tha thusa a' dol a dhèanamh notaichean (air a' bhòrd-dhubh) air na prìomh phuingeann anns gach aithris. Seall dhaibh mar a nì thu notaichean, 's dòcha ag àireamhachadh gach aithris ùir agus a' sgrìobhadh dhà no trì fhaclan feumail airson gach fear. Faighnich ceistean mun phrògram\* agus leig leotha na notaichean agadsa a chleachdadh airson na ceistean a fhreagairt.
3. Innis dhaibh gu bheil iad a' dol a dh'èisteachd ri naidheachdan eile agus gum bi thu a' faighneachd cheistean mun phrògram an dèidh làimh. Brosnaich iad notaichean a dhèanamh airson an cuideachadh a bhith a' cuimhneachadh air na chuala iad. Cuir nan cuimhne nach bi ùine aca a h-uile facal a sgrìobhadh sìos agus bruidhinn mu dheidhinn dè na notaichean a bhiodh feumail – prìomh phuingeann, ainmean, àireamhan, etc.

Leig leotha èisteachd ri na naidheachdan agus an uair sin faighnich ceistean dhaibh.

Nuair a tha iad deiseil faighnich dhaibh an do chuidich na notaichean iad. Mur do chuidich, carson? Ciamar a dhèanadh iad notaichean na b' fheàrr an ath thuras?

\* Tha ceistean anns an aonad seo a dh'fhaodadh tu a chleachdadh, gan atharrachadh rud beag airson an dèanamh nas freagarraiche airson nan naidheachdan sin.

**b.** Seo naidheachdan a ghabhas leughadh a-mach dhan chloinn leis an tidsear. Leugh na naidheachdan gu slaodach, a' brosnachadh na cloinne notaichean freagarrach a ghabhail. An uair sin leugh a-rithist iad, a' toirt dhaibh cothrom beàrnan nan cuid notaichean a lionadh.

Tha sibh ag èisteachd ri Rèidio nam Beann. Tha e còig uairean air Diciadain an dàrna latha den Fhaoilleach. Seo naidheachdan an fheasgair air an leughadh le Sìne NicLeòid.

Tha an sneachda fhathast ag adhbhrachadh mòran thrioblaidean air feadh na dùthcha a-nochd. Tha còrr is deich mìle dachaigh às aonais dealain an ceann a tuath na h-Alba. Tha mòran rathaidean dùinte, nam measg an A9, an M8 agus an A96. Chaidh port-adhair Obar Dheathain a dhùnadh mu mheadhan latha an-diugh. Tha seirbheisean rèile cuideachd a' fulang, oir chan eil na tràanaichean a' siubhal tuath air Peairt.

Bha droch thubaist air an A82 faisg air Druim na Drochaid anmoch a-raoir nuair a bhuail làraidh agus càr na chèile san t-sneachda. Chaidh dràibhear na làraidh a thoirt gu Ospadal an Rathaig Mhòir ann an Inbhir Nis oir ghoirtich e a dhruim.

Tha am poileas fhathast a' lorg balach aois trì bliadhna deug à Barabhas nach eilear air fhaicinn bho fheasgar Disathairne-sa chaidh. Chaidh Dòmhnall Mac a' Ghobhainn fhaicinn a' dol air Bus Bharabhais ann an Steòrnabhagh mu thrì uairean ach cha do ràinig e dhachaigh idir. Bha briogais dhubh air, seacaid ghorm denim, lèine-t gheal agus brògan spòrs geala. Tha falt goirid bàn air agus glainneachan. Ma tha fiosrachadh aig duine sam bith, cuiribh fòn gu Stèisean nam Poileas ann an Steòrnabhagh air 01851 703999.

Thèid ceud obair a chruthachadh ann an Port Rìgh nuair a dh'fhosglas factaraidh èisg ùr san luchar. Tha a' chompanaidh, Bradan Sea Farms Ltd am beachd an fhactaraidh a thogail air taobh a deas a' bhaile agus bidh diofar obraichean ann do mhuintir a' bhaile. Thuirte comhairliche na sgìre Iain Friseal gum bi an fhactariadh na buannachd mhòr do mhuintir an àite.

Gu spòrs a-nis – agus tha sgioba ball-coise United gu bhith a' cluiche an aghaidh Athletic anns an ath chuairt de Chupa nan Eilean. A-raoir choinnich United agus sgioba Thistle agus bhuannaich United dhà gu neoni. Anns a' ghèam eile, bhuannaich Athletic air County trì gu h-aon.

Agus mu dheireadh, bheir sinn sùil air an aimsir. Tha tuilleadh sneachda gu bhith ann tron oidhche air feadh na dùthcha. A-màireach sa mhadainn, tòisichidh i a' fàs nas fheàrr le greisean grianach. Leis an sin, bidh i beagan nas blàithe a-màireach cuideachd.

Sin agaibh na naidheachdan agus an aimsir. Tha e trì mionaidean an dèidh a còig. Bidh mise air ais aig sia uairean le tuilleadh naidheachdan.



Puingean ri Dheasbad: (naidheachdan B)

- Cuin a thàinig na naidheachdan seo a-mach?
- Carson a tha tòrr dhachaighean ann an ceann a tuath na h-Alba às aonais dealain?
- Carson a dh'fheumadh iad port-adhair Obar Dheathain a dhùnadh?
- Saoil carson a thachair tubaist air an A82?
- Carson a tha an aithris mun tubaist air na naidheachdan?
- Carson a tha fiosrachadh mu Dhòmhnall Mac a' Ghobhainn à Barabhas air na naidheachdan?
- Dè bu chòir do dhuine sam bith le fiosrachadh mu Dhòmhnall a dhèanamh?
- A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil naidheachdan mar seo feumail? Carson?
- Co aig a bhiodh ùidh anns an aithris mun fhactaraidh ùr èisg?
- Thuirt comhairliche na sgìre gum biodh an fhactaraidh na buannachd mhòr do mhuinntir an àite. An e firinn no beachd a tha seo? Cò gheibheadh buannachd aiste?
- Dè na faclan a chleachd an leughadair airson aithris air spòrs a thoirt a-steach?
- Dè an spòrs anns am bi sgiobannan a' feuchainn ri Cupa nan Eilean a bhuannachadh?
- Dè an dà sgioba a bhios a' coinneachadh anns an ath chuairt den Chupa?
- Cò bhios toilichte an naidheachd seo a chluinntinn?
- Carson a bhios an aimsir nas blàithe an ath latha?
- Dè cho fad 's a thug an aithris naidheachdan seo?

Ceistean a ghabhas cleachdadh no atharrachadh airson naidheachdan sam bith:

1. Dè an uair aig an deach na naidheachdan seo a-mach?
2. Cò bha a' leughadh nan naidheachdan?
3. Co mu dheidhinn a bha a' chiad aithris?
4. Co aig a bhiodh ùidh sònraichte anns an aithris sin?
5. Bha aithris ann mu dheidhinn tubaist. Cò tha thusa a' smaoinichadh a bu choireach?
6. Dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an aithris seo air cuid den luchd-èisteachd?
7. Co mu dheidhinn a tha an dàrna aithris?
8. Dè do bheachd fhèin air an sgeulachd seo?
9. Carson a tha na naidheachdan seo feumail / cudromach / inntinneach?
10. A bheil thu a' smaoinichadh gur e rud math no dona a thachair? Minich do fhreagairt,
11. Dè an sgeulachd a b' inntinniche nad bheachd-sa?
12. Ainmich dòigh anns am bi leughadair nan naidheachdan a' sealltainn gu bheil aon aithris deiseil agus gu bheil e/i a' tòiseachadh air aithris ùr eadar-dhealaichte.
13. Co mu dheidhinn a bha an aithris mu dheireadh?
14. Carson a bhios daoine ag èisteachd ri aithris air an t-side?
15. Ciamar a thug an leughadair na naidheachdan gu crìoch?
16. Dè seòrsa aithris a bu mhatht leatsa chluinntinn anns na naidheachdan?
17. Nam bu tusa fear-deasachaidh nan naidheachdan seo agus gun robh agad ri aon aithris fhàgail às air sgàth ùine, dè an aithris a thaghadh tu agus carson?





Gnìomhan eile do na Sgoilearan:

- Èist ri naidheachdan Gàidhlig air an rèidio cho tric 's a ghabhas.
- Èist ri na naidheachdan Gàidhlig a-nochd air Aithris an Fheasgair agus dèan notaichean fhad 's a tha thu ag èisteachd. Cleachd na notaichean a-màireach anns a' chlas airson bruidhinn mu dheidhinn nan naidheachdan.
- Èist ri clàradh de naidheachdan agus tagh an aithris as inntinniche nad bheachd-sa. An uair sin èist ris a' chlàradh a-rithist gu cùramach agus dèan notaichean mun aithris sin. Cleachd na notaichean gus aithris a sgrìobhadh gu pàipear-naidheachd.


Stuthan feumail eile:

\* Tha naidheachdan ri fhaotainn air an eadar-lìon: ([www.bbc.co.uk/alba](http://www.bbc.co.uk/alba)). Brùth air Naidheachdan agus tagh am prògram a tha thu ag iarraidh cluinntinn. Download air dìosg agus fosgail airson èisteachd. Dh'fhaodadh tu dìosg a chruthachadh làn phrògraman naidheachdan freagarrach.

\* Faic cuideachd an t-aonad 'Notaichean' anns a' phac seo.



A' Libhrigeadh  
fiosrachadh,  
seòladh agus  
stiùireadh





# Ro-ràdh

Aig Ìre D, thèid iarraidh air clann fiosrachadh a chruinneachadh à caochladh àiteachan (m.e. leabharlann na sgoile, an co-aoisean, pàrantan agus bileagan-fiosrachaidh), agus a libhrigeadh ann an dòigh siùbhlach, soilleir a tha a' toirt suim do fheumalachdan an luchd-èisteachd.

**a. Fiosrachadh** *(faic cuideachd an t-aonad 'Labhairt mu fhiosrachaidhean, mu fhaireachdainnean agus mu bheachdan'.)*

Thoir cothroman gu leòr don chloinn fiosrachadh a thoirt do cho-aoisean, do phàrantan agus do dhaoine eile anns an sgoil mu dheidhinn rudan a tha a' tachairt anns an sgoil, anns a' choimhearsnachd agus anns na naidheachdan. Brosnaich iad gu bhith beachdachadh air dè am fiosrachadh a tha a dhìth air an luchd-èisteachd agus a bhith a' cur an fhiosrachaidh ann an òrdugh a tha furasta a leantainn. Seall dhaibh diofar dhòighean air notaichean agus planaichean a dhèanamh agus a chleachdadh airson an cuideachadh le bhith a' toirt an fhiosrachaidh seachad gu soilleir. Iarr orra fhèin agus air an luchd-èisteachd beachdachadh air dè cho soilleir 's a bha am fiosrachadh air a libhrigeadh agus air dòighean air a dhèanamh na b' fheàrr an ath thuras.

Thoir cothroman don chloinn am fiosrachadh a libhrigeadh ann an diofar dhòighean, (m.e. a' cleachdadh Powerpoint no Overhead Projector,) agus diofar rudan a chleachdadh airson an cuideachadh (m.e. bòrd dubh, bòrd geal, bhidio).

- Tha liosta de phuingeannan a tha cudromach ann a bhith ag ullachadh agus a' libhrigeadh fiosrachadh aig deireadh an aonaid seo. Coimhead air seo mar chlas no mar bhuidhinn mus tòisich a' chlànn ag ullachadh òraid no 'presentation'. Seo e a-rithist le barrachd stiùiridh airson gach puing:

## \*Bu chòir am fiosrachadh a bhith:

- **inntinneach** no caillidh tusa agus an luchd-èisteachd ùidh.
- **fior** – Tha e cudromach a bhith cinnteach gur e an fhìrinn a tha thu ag innse. Ma tha thu airson beachdan a chur dhan òraid, dèan cinnteach gun innis thu don luchd-èisteachd gur e beachdan a th' annta – na beachdan agad fhèin no beachdan chuideigin eile.
- **soilleir** – Smaoinich air an luchd-èisteachd fhad 's a tha thu ag ullachadh na h-òraid. An tuig iad a h-uile facal? A bheil facail ann a bu chòir dhut mìneachadh? A bheil na puingeannan agad ceangailte ri chèile ann an dòigh a tha a' dèanamh ciall? Feuch a-mach e air caraid an toiseach agus faighnich dha/dhi a bheil e a' dèanamh ciall.

- **freagarrach don luchd-èisteachd:** Ma tha am fiosrachadh ro fhurasta no ro dhuilich don luchd-èisteachd, caillidh iad ùidh gu math luath. Beachdaich air dè am fiosrachadh a dh'fhaodadh a bhith aca air a' chuspair mu thràth. Dè bu mhath leotha fhaighinn a-mach mu dheidhinn? Ciamar a nì thu an cuspair inntinneach dhaibh?

**\* Innis dhaibh an toiseach co mu dheidhinn a tha thu a' dol a bhruidhinn agus rud beag mu dheidhinn.**

Dìreach mar ann an aithisg no stiùireadh sgrìobhte, tha e cudromach gun toir thu a-steach cuspair na h-òraid ann an dòigh soilleir. (M.e. *An-diugh tha mi a' dol a dh'innse dhuibh beagan mu dheidhinn ...*)

Mas e àite cuspair an òraid, dèan cinnteach gu bheil fhios aig an luchd-èisteachd carson a thagh thu an t-àite sin agus càite bheil e. (m.e. *Bu mhath leam rud beag innse dhuibh mu Ghana, dùthaich mun cuala sinn tòrr anns na naidheachdan o chionn ghoirid. Seo far a bheil Ghana air mapa an t-saoghail. A bheil sibh uile ga fhaicinn? ...*)

Ma tha thu a' dol a bhruidhinn mu chuideigin, dèan cinnteach gun tuig an luchd-èisteachd cò eil: (m.e. *An diugh tha mi fhìn agus Anndra a' dol a dh'innse dhuibh beagan mu dheidhinn fear de na cluicheadairean ball-coise as fheàrr leinn – Cailin MacFhearghais*) Tha seo na chuideachadh mhòr don luchd-èisteachd, gu h-àraidh mura chuala iad mun duine riamh roimhe!

- \* **Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh furasta a leantainn.** Chan eil òraid furasta ri leantainn ma tha am fiosrachadh uile troimh-chèile. Dèan cinnteach gu bheil plana agad airson na h-òraid agus gun urrainn dhut am plana a leantainn gun a bhith a' dol air chall. Lean am plana nuair a tha thu a' libhrigeadh an fhiosrachaidh.

- \* **Cleachd 'stuthan-taic' – dealbhan, nithean, mapaichean, etc.** Chan fheum thu stuthan-taic airson a h-uile òraid, ach gu math tric, tha e nas fhasa ùidh an luchd-èisteachd a chumail ma tha rudan agad ri shealltainn dhaibh, a' beantainn ri cuspair na h-òraid. Tha e nas fhasa do chuid a dhaoine bruidhinn ma tha rudeigin aca nan làimh no ma tha postair le na prìomh phuingean, no dealbh no mapa air am bruidhinn iad faisg air làimh.

**\* Dèan cinnteach gum faic an luchd-èisteachd na stuthan-taic agad gu furasta.**

Ma tha thu a' dèanamh feum de dhealbhan no rudan eile airson puingean a mhìneachadh don luchd-èisteachd, tha e uabhasach cudromach gum faic a h-uile duine iad gu furasta, no cha tuig iad co mu dheidhinn a tha thu a' bruidhinn.

- \* **Coimhead air an luchd-èisteachd nuair a tha thu a' bruidhinn.** Tha seo ga dhèanamh nas fhasa dhaibh do chluinntinn agus a bhith a' faireachdainn gu bheil an cuspair agad inntinneach dhaibh.

- \* **Dèan cinnteach gun chluinn iad uile thu.** Mus tòisich thu dha-rìribh, is fhiach faighneachd a bheil a h-uile duine gad chluinntinn. Cuimhnich gum feum thu bruidhinn nas àirde na shaoileadh tu, gu h-àraidh ann an talla no rum mòr làn dhaoine. Na bruidhinn ro luath agus cuimhnich anail a ghabhail eadar seantansan.

**\* Thoir cothroman don luchd-èisteachd ceistean fhaighneachd.**

'S dòcha gum bi an luchd-èisteachd ag iarraidh barrachd fhaighinn a-mach. Cuimhnich gur tusa an eòlaiche! Innis dhaibh gum faod iad ceistean fhaighneachd nuair a tha thusa deiseil; fàg cothroman airson seo nuair a tha thu a' planadh na h-òraid. Ma bhios iad a' faighneachd cheistean aig amannan eil, tha e furasta d' àite a chall. Mura bheil fhios agad ciamar a fhreagras tu ceist, innis dhaibh càit' am faigh iad barrachd fiosrachaidh air a' chuspair.



\* **Seall gu bheil thu deiseil agus thoir taing don luchd-èisteachd.** Smaoinich air dòigh an òraid a thoirt gu crìoch gus am bi fios aig a h-uile duine gu bheil thu deiseil. Dh'fhaodadh tu innse don luchd-èisteachd càit am faigh iad barrachd a-mach ma tha iad ag iarraidh. Thoir taing dhaibh airson èisteachd agus thoir taing do dhuine sam bith a chuidich thu leis an rannsachadh agus /no leis an libhrigeadh.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

1) Tha notaichean mu dheidhinn tachartas air **duilleag-obrach 1**. Iarr air na sgoilearan na notaichean seo a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt don chlas mun tachartas, a' taghadh dè am fiosrachadh a tha cudromach agus a' beachdachadh air an òrdugh as fheàrr a thoirt seachad.

2) *Obair aon-neach no obair-chàraid.*

Leig ort gu bheil thusa os cionn fear de na tachartasan a leanas agus gu bheil agad ri fiosrachadh a thoirt don chlas mu a dheidhinn. Smaoinich gu cùramach mu dè am fiosrachadh a bhios cudromach agus inntinneach don luchd-èisteachd. Cleachd an duilleag-planaidh air duilleag-obrach 2 airson do chuideachadh, no dèan fhèin nòtaichean no plana. An uair sin, bruidhinn ris a' chlas mu dheidhinn an tachartais agus faighnich dhaibh a bheil am fiosrachadh soilleir.

Thoir an aire: Mas e tachartas mas-fhìor a th' ann, dèan cinnteach gun tuig a h-uile duine sin mus fhalbh iad dhachaigh!

- a) turas a dh'àiteigin
- b) taghadh airson sgioba spòrs / còmhlan ciùil / buidheann 'enterprise' no rudeigin eile.
- c) latha sònraichte anns an sgoil (m.e. latha 'bun-os-cionn')
- d) club òigridh ùr a' tòiseachadh anns a' choimhearsnachd
- e) latha sgioblachaidh anns a' choimhearsnachd
- f) cuideigin ainmeil a' tighinn dhan sgoil agad air chèilidh
- g) pròiseact obair-dachaigh a tha thu ag iarraidh orra a dhèanamh

3) *Obair aon-neach, càraid no buidheann.*

An dèidh dhut rannsachadh a dhèanamh airson obair-pròiseict no rannsachadh pearsanta, innis don chlas, no do bhuidhinn eile anns a' chlas, mu dheidhinn na dh'ionnsaich thu (m.e. bho bhidio, bho làrach-lìn, bho leabhar-fiosrachaidh no bho charaidean is teaghlach.) Tha duilleag-planaidh airson seo air **duilleag-obrach 3**.

4) *Obair-dachaigh*

Leugh aithisg ann am pàipear-naidheachd no èist ri prògram naidheachdan air an telebhisean no rèidio. Dèan nòta de na prìomh phuingean. Innis don chlas mun aithisg, a' toirt dhaibh nam prìomh phuingean agus do bheachdan fhèin air.



**b.** Seòladh: Seo sgil gu math feumail. Thoir cothroman don chloinn seòlaidhean a thoirt do dh'àitean an dà chuid le mapa\*, agus às aonais mapa \*\*.

\* m.e. bhon bhaile aca fhèin gu baile eile ann an Alba a' cleachdadh mapa-rathaidean is bàtaichean-aiseig, no gu àiteigin anns a' bhaile aca fhèin a' leantainn plana den bhaile.

\*\* m.e. bhon chlasrum gu rum eile anns an sgoil no gu togalach eile faisg air làimh

#### Gnìomhan do na Sgoilearan:

- Thoir leth-bhrec de phlana den bhaile don h-uile sgoilear. Thoir cothrom don h-uile sgoilear seòlaidhean a thoirt don chlas airson turas bhon sgoil gu ruige àite anns a' choimhearsnachd (m.e. amar-snàimh, eaglais, pàirc). Dèan cinnteach gum faigh iad greiseag gus na seòlaidhean ullachadh mus tòisich iad a' bruidhinn.
- Dèan an gnìomh gu h-àrd rud beag nas doirbhe. Thoir cairt le àite anns a' bhaile (m.e. stèisean no eaglais shònraichte) sgrìobhte oirre do sgoilear ach na leig le na sgoilearan eile fhaighinn a-mach dè an t-àite a th' ann. Feumaidh an neach aig a bheil a' chairt seòlaidhean a thoirt do chàch. Feumaidh na sgoilearan eile na seòlaidhean a leantainn airson faighinn a-mach dè an t-àite a th' ann.
- Dh'fhaodadh sibh seo fheuchainn cuideachd le mapa den dùthaich, ag iarraidh air na sgoilearan seòlaidhean a thoirt bhon bhaile ainmichte gu baile eile mar gu bheil iad ann an càr. (m.e. bho Obar Dheathain gu Peairt).
- Iarr air a' chloinn rannsachadh a dhèanamh, ann am buidhnean, airson faighinn a-mach ciamar a shiubhladh iad gu àiteigin eile ann an Alba. Dèan cinnteach gu bheil mapa den dùthaich aca a sheallas àireamhan nan rathaidean (m.e. A9) agus slighean nam bàtaichean-aiseig. Tha mapa feumail airson seo air td. 5 den leabhar 'Atlas airson Alba'. Nuair a tha iad deiseil, iarr orra na seòlaidhean a thoirt do bhuidhinn eile anns a' chlas.  
*(Dh'fhaodadh clann nas comasaiche clàran-ama freagarrach a chleachdadh cuideachd airson tursan air trèana no bàt'-aiseig.)*
- Anns a'ghnìomh gu h-àrd, brosnach a' chlann gus faighinn a-mach ciamar a shiubhladh iad bhon dachaigh gu fear de na bailtean a tha sgrìobhte air a' mhapa an toiseach. (m.e. bhon dachaigh ann an Tolastadh gu Steòrnabhagh)
- Cluich an gèam 'Ioma-shlighe'. Tagh aon sgoilear agus iarr air/oirre seasamh aig aon cheann den rum. Cuir sgàil air a s(h)ùilean. Gluaiseadh na cluicheadairean eile àirneis no rudan eile mun cuairt gus nach eil slighe dhìreach bho cheann gu ceann den rum. Dèan cinnteach gu bheil slighe shaor air fhàgail a tha leathann gu leòr airson an sgoilear fhaighinn troimhe gu sàbhailte. Cuidichidh na sgoilearan eile e/i le stiùireadh soilleir (m.e. Gluais rud beag gu do làimh chli. Gabh trì ceumannan beaga air adhart. Air do shocair! ...)  
Airson an gèam seo a dhèanamh rud beag nas doirbhe agus airson barrachd stiùireadh a chur ann, dh'fhaodadh sibh rudan a chur air feadh an ruim (m.e bogsa, peansail, leabhar ...) a dh'fheumas an sgoilear a thogail air a s(h)lighe tron 'ioma-shlighe'.  
Airson barrachd brosnachadh a thoirt do na sgoilearan ann a bhith a' toirt seachad seòlaidhean soilleir cuideachail, dh' fhaodadh iad an gèam seo a chluich ann am paidhrichean no ann an sgiobannan. Buannaichidh an sgioba a thogas a h-uile rud anns an ùine as giorra.



**C. Stiùireadh:** A bharrachd air a bhith a' bruidhinn a-mach gu soilleir, feumaidh a' chlann dèanamh cinnteach gu bheil an stiùireadh aca a' dèanamh ciall, gu bheil e furasta a leantainn agus nach eil iad a' dol ro luath airson cothrom a bhith aig an luchd-èisteachd an stiùireadh a thoirt a-steach agus a chleachdadh. Tro na geamannan a leanas, ionnsaichidh a' chlann cho cudromach 's a tha stiùireadh soilleir le mion-chunntas freagarrach agus cuideachd cho cudromach 's a tha e a bhith a' smaoineachadh mu fheumalachdan an luchd-èisteachd.

Gnìomhan do na Sgoilearan:

a) *Tagh aon sgoilear airson seo a dhèanamh:*

Smaoinich air rudeigin (m.e. telebhisean). Na inns do dhuine sam bith dè th' ann. Tha agad ri toirt air clann eile anns a' chlas dealbh a dhèanamh den rud gun a bhith ag innse dhaibh dè th' ann. (Faodaidh tu fhèin dealbh a dhèanamh dheth airson do chuideachadh leis an tuairisgeul, ach na leig le duine sam bith do dhealbh fhaicinn.) Thoir dhaibh stiùireadh air mar a nì iad dealbh den rud – m.e. Dèan ceart-cheàrnach mhòr an toiseach. Dèan ceart-cheàrnach eile rud beag nas lugha am broinn a' chiad thè ...)

b) Airson a' gheama seo feumaidh dà sheata co-ionnan de bhlocaichean ioma-dhathte (m.e. Lego) a bhith agad. Cuir aon sgoilear a-mach às an rum. Thoir mu fhichead bloc do na sgoilearan eile agus iarr orra rudeigin a thogail leotha agus a chumail am falach bhon sgoilear a chaidh a-mach. Iarr air an sgoilear sin tilleadh a-steach dhan chlas agus thoir dha an seata eile de bhlocaichean. Tagh cuideigin airson innse dha/dhi ciamar a thogas e modail co-ionnan ris a' mhodail a chaidh a thogail mu thràth (agus a tha fhathast am falach bhuithe). Brosnaich e gun a bhith a' bruidhinn ro luath agus a bhith dèanamh cinnteach gu bheil an sgoilear eile ga leantainn ceart gu leòr.

c) Thoir cothroman don chloinn innse don chlas ciamar a nì iad rudeigin air a bheil iad fhèin eòlach, m.e. mar a chluicheas iad gèam, mar a choimheadas iad an dèidh peata, no ciamar a nì iad briosgaidean no an dinnear as fheàrr leotha. Thoir dhaibh cothrom an stiùireadh sin ullachadh ro-làimh. Dèan cinnteach gun libhrig iad am fiosrachadh ann an stoidhle 'stiùiridh' an àite òraid.

Stuthan feumail eile:

- Aonadan eile anns a' phac seo a dh'fhaodadh a bhith feumail:
  - Mothachadh air Luchd-amais
  - Notaichean
  - Stiùireadh
  - Ag èisteachd airson Fiosrachadh
  - A' labhairt mu fhiosrachaidhean, mu fhaireachdainnean agus mu bheachdan
- Cànan folders 7-10
- Atlas airson Alba



# Ag Ullachadh agus a' Libhrigeadh Fiosrachadh Prìomh Phuingean

- Bu chòir am fiosrachadh a bhith:
  - inntinneach
  - fìor
  - soilleir
  - freagarrach don luchd-èisteachd
- Innis don luchd-èisteachd an toiseach co mu dheidhinn a tha thu a' dol a bhruidhinn agus carson.
- Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh furasta a leantainn.
- Cleachd 'stuthan-taic' – dealbhan, nithean, mapaichean, etc.
- Dèan cinnteach gum faic an luchd-èisteachd na stuthan-taic agad gu furasta.
- Coimhead air an luchd-èisteachd nuair a tha thu a' bruidhinn.
- Dèan cinnteach gun cluinn iad uile thu.
- Thoir cothroman don luchd-èisteachd ceistean fhaighneachd.
- Mura bheil fhios agad ciamar a fhreagras tu ceist, innis dhaibh càit' am faigh iad barrachd a-mach.
- Seall gu bheil thu deiseil agus thoir taing don luchd-èisteachd.







# Duilleag-planaidh I

## - a' lìbhrigeadh fiosrachadh

Cleachd na nòtaichean seo gus fiosrachadh a thoirt don chlas mu latha fèille. Lìon a-steach na beàrnan an toiseach airson a dhèanamh freagarrach don choimhearsnachd agad fhèin. Tagh am fiosrachadh a tha cudromach agus dè nach eil, agus beachdaich air an òrdugh agus an dòigh as fheàrr a thoirt seachad.

**Tachartas:** *Latha Fèille*

**Dè?** *Latha spòrs airson deagh adhbhar!*

**Stàilichean:** *bèicearachd, obair-làimhe, leabhraichean, aodach, peantadh-gnùise*

**Geamannan:** *5-a-side, lorg an ionmhas, 'Beat the goalie'...*

**Cuibhle mhòr, caisteal bocadaich, càraichean-caoich ...**

**Rèisean:** *ruith, poca, ùgh agus spàin, bara-chuibhle, giùlain an t-uisge ...*

**Biadh:** *teanta teatha, reòiteagan, àite picnig...*

**Eile:** *piobaireachd, dannsa Gàidhealach, turas ann an heileacoptair*

**Cuin?** *Disathairne seo tighinn (ceann-latha:.....)*

*A' tòiseachadh aig 10 uairean. A' crìochnachadh aig 16 uairean.*

**Carson?** *A' togail airgead airson buidheann charthannais a tha a' feuchainn ri uisge glan a thoirt do dhaoine ann an Afraga.*

*A' feuchainn ri mìle not a thogail airson tobraichean agus pioban a cheannach.*



Càite? Pàirc..... ann an.....

(Ma bhios e fliuch, anns an talla .....)

Cò? A h-uile duine!

Cosgais? Inbhich - £2: Clann 5 – 12 - 50sg; clann fo 5 – an-asgaidh

Fiosrachadh cudromach eile mun tachartas:

Tha feum air daoine a chuidicheas le stàilichean, geamannan is eile.

Cuideachd a dhìth – rudan airson stàilichean bèicearachd,

leabhraichean agus 'bric-a-brac'. Mas urrainn dhut cuideachadh,

bruidhinn ri.....



# Duilleag-planaidh 2

## - a' libhrigeadh fiosrachadh

Cleachd an duilleag seo airson do chuideachadh ann a bhith a' beachdachadh air dè am fiosrachadh a dh'fheumas tu thoirt seachad mun tachartas. Beachdaich air an òrdugh as fheàrr am fiosrachadh a libhrigeadh agus dèan notaichean soilleir a bhios furasta a leantainn nuair a tha thu a' libhrigeadh an fhiosrachaidh don chlas.

Tachartas: .....

Dè?

Cuin?

Carson?

Càite?

Cosgais?

Cò?

Fiosrachadh cudromach eile mun tachartas:




# Duilleag-obrach 3

## - Plana airson òraid

1. Tagh cuspair airson òraid.
2. Carson a thagh thu an cuspair sin?
3. Cò an luchd-èisteachd?
4. Càit am faigh thu fiosrachadh mu dheidhinn a' chuspair sin?
5. Dè na prìomh phuingean mu bheil thu ag iarraidh bruidhinn?
6. Dè na stuthan-taic a chuidicheas tu am fiosrachadh a dhèanamh soilleir agus inntinneach don luchd-èisteachd?
7. Ciamar a thòisicheas tu an òraid?
8. Ciamar a chrìochnaicheas tu an òraid?



Ag èisteachd agus  
a' labhairt ann am  
buidhnean





## Ro-ràdh

Tha sgilean èisteachd agus labhairt gu math faisg air a chèile agus thèid an dà chuid a leasachadh tro obair ann am buidhnean. Aig Ìre D 'bidh eòlas aig a' chloinn air mar a tha èisteachd agus freagairt ann am beachdachdadh-buidhne ag obrachadh agus thèid aca air comharraidhean a thogail a bheir cothrom dhaibh argamaid no reusanachadh a chumail a' dol rè ùine ghoirid, am beachdan fhèin a chur air adhart agus a dhearbhadh, roghainnean a chur an cèill agus puingean a thogail, a' cleachdadh cànanan no briathrachais a tha a' freagairt air a' chuspair.' (*Stiùireadh Nàiseanta Gàidhlig 5-14*)

## Stiùireadh do Thidsearan:

- Tha obair-deasbaid nas fhasa ann am buidhnean beaga, far am faigh a h-uile duine cothrom pàirt a ghabhail.
- Aig Ìre D bu chòir buidhnean a bhith ag obair gu neo-eisimileach tòrr den ùine. Uaireannan, ge-tà, bu chòir don tidsear pàirt a ghabhail ann an deasbad mar bhall den bhuidhinn. Mar seo, ionnsachaidh a' chlann bhon tidsear mar a bhios iad a' cur beachdan air adhart, a' cur taice ri beachd no argamaid, no a' labhairt nan aghaidh, agus a' cur cheist. Faodaidh an tidsear cuideachadh le bhith a' cumail a' chlann ris a' chuspair agus a' gluasad an deasbad air adhart nuair a tha feum ann.
- Mus tòisich a' chlann air deasbad, dèan cinnteach gu bheil fios aca co mu dheidhinn a tha iad a' dol a bhruidhinn agus carson.
- Teagaisg dòighean a bhith a' dol an aghaidh beachdan dhaoine eile ann an dòigh a ghabhas suim de fhaireachdainnean dhaoine eile.

Cuspairean feumail:

- **Obair 'enterprise'**. Tha tòrr chothroman airson obair-labhairt is èisteachd ann am buidhnean taobh a-staigh enterprise. (m.e. a' taghadh rudeigin ri dhèanamh, agus a' bruidhinn mu dheidhinn an dòigh as fheàrr a dhèanamh.)
- **Dràma** – thoir cothroman don chloinn dealbhan-cluiche beaga a sgrìobhadh agus a dhèanamh leotha fhèin ann am buidhnean beaga (3-5 daoine). Tha seo a' toirt dhaibh tòrr chothroman a bhith a' seòrsachadh rudan a-mach tro labhairt is èisteachd. Dh'fhaodadh an tidsear cuspair a thoirt dhaibh airson dealbh-chluich no dh'fhaodadh a' chlann fhèin cuspair a thaghadh. Innis dhaibh dè cho fada 's a bu chòir an dealbh-chluich a bhith agus cò an luchd-amais.

- **Fuasgladh ceist** – ann am buidhnean beaga, iarr air a’ chloinn ceist fhuasgladh. Dèan cinnteach gu bheil a h-uile duine anns a’ bhuidhinn a’ gabhail pàirt. Nuair a tha iad deiseil, iarr orra beachdachdadh air dè cho math ’s a rinn iad. Dh’fhaodadh iad an duilleag-mheasaidh a chleachdadh airson seo.

**Deasbadaan** – Tha deasbadaan math airson iomadh sgil a theagasg:- m.e. rannsachadh, a’ gabhail notaichean, èisteachd agus labhairt. Tha tòrr dhiubh a’ gabhail a-steach sgilean fuasgladh-cheist cuideachd.

Tha e nas fheàrr ma nì dìreach aon bhuidheann anns a’ chlas an deasbad. Faodaidh clann eile èisteachd ris an deasbad agus bhòtadh air cò bhuannaicheas. Bidh a’ chlann ag obair leotha fhèin no còmhla ri caraidean, a’ deasbad an aghaidh buill eile na buidhne.

Ma tha thu ag iarraidh gun gabh a h-uile duine pàirt, faodaidh a’ chlann obrachadh ann am buidhnean beaga, a’ deasbad an aghaidh buidhnean eile anns a’ chlas. Ach tha e nas fheàrr ma tha luchd-èisteachd air choreigin aca.

Seo cuspairean airson deasbadaan. Dh’fhaodadh a’ chlann fhèin cuspairean a thaghadh cuideachd.

1) Deasbad a’ bhailiùn\* :

Tha sia daoine ainmeil air cuairt ann am bailiùn de dh’èadhar theth. Gu mì-fhortanach, tha èadhar ag aoidean às a’ bhailiùn beag air bheag. Feumaidh sibh aon duine a thilgeil a-mach airson am bailiùn a chumail anns an adhar gus nach tèid a h-uile duine a mharbhadh. Ach cò?

- a) Tagh na daoine a tha anns a’ bhailiùn. (Dh’fhaodadh an tidsear seo a dhèanamh ro-làimh airson ùine a shàbhaladh, no dh’fhaodadh a’ chlann fhèin daoine a thaghadh.)
- b) Iarr air gach cluicheadair (no càraidean, no buidheann bheag) taghadh cò às an t-sianar as fheàrr a shàbhaladh airson mathas mhic-an-duine (no mathas an t-saoghail).
- c) Feumaidh na cluicheadairean notaichean a dhèanamh, a’ sealltainn a h-uile adhbhar a th’ ann an roghainn acasan a shàbhaladh. Brosnaich iad gu bhith beachdachdadh air argamaidean a dh’fhaodadh a bhith aig buidhnean eile an aghaidh na roghainn aca agus a bhith a’ smaoinichadh air dòighean a dìon bho na h-argamaidean sin. Feumaidh gach buidheann beachdachdadh air an dòigh as fheàrr an argamaid aca a chur air adhart agus cò chanas dè. Thoir dhaibh eadar 10 agus 15 mionaidean seo a dhèanamh.
- d) Thoir cothrom do bhuidhinn mu seach an argamaid a chur ris an luchd-amais.
- e) Thoir cothrom eile do bhuidhinn mu seach a dhol an aghaidh argamaidean nam buidheann eile.
- f) An dèidh èisteachd ris a h-uile argamaid, bidh an luchd-èisteachd a’ bhòtadh airson taghadh cò as fheàrr a shàbhaladh.

2) Dè an dòigh-siubhail as fheàrr airson mac-an-duine: càr, baidhsagal, bus, trèan no each? \*

3) Bha na Lochlannaich math airson Alba. (no deasbad eile co-cheangailte ri obair phròiseact a’ chlas)



4) Nan robh againn ri aon chuspair a-mhàin ionnsachadh anns an sgoil, dè bu chòir dhuinn a thaghadh agus carson? Iarr air a' chloinn aon chuspair a thaghadh (m.e. matamataig, spòrs, cànan, eachdraidh, ealain ...) agus broснаich iad a bhith a' beachdachadh carson a bhiodh sin na b' fheàrr na na cuspairean eile.

5) **Dè as fheàrr – telebhisean no eacarsaich?** - Brosnaich a' chlann gu bhith a' beachdachadh ro-làimh air a' cheist seo, a' cur sìos puingean airson agus an aghaidh gach fear. Dh'fhaodadh iad fhèin taghadh dè an taobh den argamaid a tha iad ag iarraidh a chur air adhart, ach ma tha iad uile ag iarraidh an aon taobh, broснаich cuid dhiubh an taobh eile fheuchainn no gabh fhèin an taobh eile.

6) Nam faigheadh a' choimhearsnachd agad airgead airson fear de na rudan seo a thogail, dè am fear a bu chòir dhaibh taghadh agus carson? sgoil, leabharlann, amar-snàimh, pàirc airson clann òg, taigh-dhealbh, rudeigin eile ...

7) **Tagh deasbad a tha a' dol air adhart anns na naidheachdan** (m.e. tuathanas gaoithe – rud math no dona?). Thoir cothrom don chloinn èisteachd ri daoine a' deasbad mu dheidhinn air prògram rèidio no telebhisein. Brosnaich iad gus notaichean a ghabhail airson cleachdadh ann an deasbad mun chuspair anns a' chlas.

8) **Dè an leabhar as fheàrr?** – Dh'fhaodadh a' chlann na leabhraichean as fheàrr leotha a thoirt a-steach don chlas. Brosnaich iad ro-làimh nota a dhèanamh de na rudan as fheàrr leotha mun leabhar seo. Innis dhaibh gu bheil aca, mar bhuidhinn, ri aon leabhar a thaghadh airson nobhail a' chlas no gum feum iad dà leabhar a thaghadh airson leabharlann na sgoile. Feumaidh iad tighinn gu co-aontachadh air dè an leabhar! ('S dòcha nach tachair seo, ach tha e cudromach gum faic a' chlann amas an deasbaid!)

9) **A' taghadh cò gheibh an t-airgead** – Ma tha a' chlann gu bhith a' togail airgead airson buidheann carthannais, thoir cothrom dhaibh taghadh cò gheibh an t-airgead. Iarr orra beagan rannsachadh a dhèanamh air a' bhuidhinn agus beachdachadh air carson a tha i airidh air an airgead. Dh'fhaodadh a' chlann am beachdan a chur air adhart ann am buidhnean beaga an toiseach. Iarr air gach buidhinn tighinn gu aonta air aon bhuidheann carthannais. An uair sin, faodaidh gach buidheann neach-labhairt a thaghadh airson deasbad le na buidhnean eile gus buidhinn a thaghadh. (*Dh'fhaodadh sibh seo a dhèanamh eadhon mur eil airgead agaibh ri thoirt seachad, ach cha bhi amas an deasbaid cho soilleir!*)

- **Obair ealain/ sgrìobhaidh:** - ann am buidhnean beaga iarr air a' chloinn rudeigin a thogail. Feumaidh a' chlann na stuthan ceart a thaghadh (ma tha stuthan a dhìth) agus an obair a cho-phàirteachadh. Innis dhaibh dè tha aca ri thogail an latha roimhe gus am bi cothrom aca obrachadh a-mach dè na rudan a dh'fheumas iad agus cò lorgas gach rud, mus bi aca ri rudan a thoirt a-steach dhan sgoil. Dèan cinnteach gu bheil a h-uile duine anns a' bhuidhinn a' gabhail pàirt. Nuair a tha iad deiseil, iarr orra beachdachadh air dè cho math 's a rinn iad. *Dh'fhaodadh iad **duilleag-measaidh 1** a chleachdadh airson seo.*

Seo eisimpleirean:

- a) Tog aillbhean a sheasas leis fhèin a-mach à pàipear
- b) Dealbhaich plana airson pàirc-spòrs ùr, a' dèanamh cinnteach gu bheil stuthan ann airson a h-uile duine bho aois 0 gu 99!
- c) Dèan pupaid le beul a bhios a' fosgladh agus a' dùnadh.





- d) Sgrìobh pìos bhàrdachd anns an nochd a h-uile caractar ann an dealbh-èibhinn. (Dh'fhaodadh a' bhuidheann fhèin an dealbh-èibhinn a thaghadh no dh'fhaodadh an tidsear fear a thoirt dhaibh m.e. à 'Smathsin').
- e) Sgrìobh leabhar airson clann ann an clas 1.

Sgilean ri ionnsachadh airson èisteachd agus labhairt ann am buidhinn:

- 1) A' rannsachadh a' chuspair – thoir cothrom agus ùine don chloinn faighinn a-mach mu chuspair an deasbaid: a' bruidhinn ri daoine eile, a' faighinn leabhraichean bhon leabharlann airson an cuideachadh no 's dòcha a' sgrìobhadh gu cuideigin a dh'iarraidh fiosrachadh.
- 2) A' gabhail nòtaichean – broснаich a' chlann gu bhith a' cur nam prìomh phuingean aca air pìos pàipeir agus beagan dearbhaidh airson gach puinge. Brosnaich iad gus an nòtaichean a chleachdadh nuair a tha iad a' cur beachd air adhart.
- 3) A' cur bheachdan air adhart – Cuidich a' chlann gu bhith a' gabhail chothroman briseadh a-steach dhan deasbad le na beachdan aca fhèin aig amannan freagarrach agus a bhith a' toirt taic don bheachd le adhbhar no eisimpleir mas urrainn dhaibh.
- 4) Ag èisteachd ri daoine eile – Bruidhinn mu dheidhinn cho cudromach 's a tha e a bhith ag èisteachd ri daoine eile ann an deasbad sam bith agus a bhith a' togail air rudan a thuirt iad airson an deasbad a ghluasad air adhart, gan ceangail ri na beachdan agad fhèin ann an dòigh air choreigin.

Seo gèam airson an sgil seo a dhaingneachadh. Feumaidh sgoilearan smaoineachadh gu luath airson sgeulachd a chumail a' dol:

1. Suidhidh a' bhuidheann ann an cearcall. Tagh aon duine (an tidsear no sgoilear) airson sgeulachd a thòiseachadh.
2. Faodaidh an sgeulaiche stad aig àm sam bith, eadhon ann am meadhan seantans, agus feumaidh an ath dhuine cumail a' dol leis an sgeulachd.
3. Faodaidh an duine sin stad aig àm sam bith, agus cumaidh an ath dhuine a' dol agus mar sin air adhart.
4. Chan fhaod duine sam bith an sgeulachd a thoirt gu crìoch gus an cuir an tidsear suas a làmh.
5. Dh'fhaodadh an tidsear puinge an sgeulachd do dhuine sam bith a chumas an sgeulachd a' dol gun a bhith a' stad ro fhada.



Tha an gèam a leanas coltach ris a' ghèam gu h-àrd, ach tha an clas air a roinn ann an dà sgioba:

### A' Sabaid le Plota


Bidh a' chiad duine ann an sgioba A a' tòiseachadh na sgeulachd, a' stad aig àm sam bith. An uair sin, bidh a' chiad chluicheadair ann an sgioba B a' feuchainn ris an sgeulachd atharrachadh, a' tòiseachadh le 'ach ...' agus a' stad aig puing sam bith. An uair sin, feumaidh an dàrna chluicheadair ann an sgioba A feuchainn ris a' phlota a chur air ais mar a thòisich e. Bidh an ath chluicheadair ann an sgioba B a' feuchainn ris an sgeulachd atharrachadh no chrìochnachadh; an ath chluicheadair ann an sgioba A a' feuchainn ri a cur air ais air dòigh a-rithist agus mar sin air adhart ...

A' reusonachadh: agus a' dìon beachdan - Airson taic a thoirt do na beachdan aca agus airson argamaidean a dhèanamh an aghaidh beachdan dhaoine eile, feumaidh a' chlann sgilean reusonachadh ionnsachadh. Seo gèam airson an cuideachadh le reusonachadh agus le bhith a' dìon am beachdan:

Co mu dheidhinn a tha mi a' smaoinichadh?

Faodaidh a' chlann seo a chluich fa-leth no còmhla ri caraid. Feumaidh iad tuairmse a dhèanamh air co mu dheidhinn a tha cuideigin a' smaoinichadh. Nuair a gheibh iad a-mach co mu dheidhinn a bha e/i a' smaoinichadh, feumaidh iad ceangal a dhèanamh eadar sin agus an tuairmse aca.

1. Tagh cuideigin ('an neach-smaoinichaidh') agus iarr air/oirre smaoinichadh air rudeigin, gun a bhith ag innse do dhuine eile dè th' ann.
2. Bidh na cluicheadaran eile a' dèanamh tuairmse air co mu dheidhinn a tha an sgoilear sin a' smaoinichadh agus bidh iad a' sgrìobhadh am beachdan air pìos pàipeir.
3. An uair sin, bidh a h-uile duine/ buidheann ag innse dè sgrìobh iad. Chan innis an neach-smaoinichaidh fhathast dè bh' ann.
4. An dèidh sin, innsidh an neach-smaoinichaidh co mu dheidhinn a bha e/i a' smaoinichadh.
5. Gheibh a h-uile duine (no buidheann) cothrom an tuairmse aca a dhìon, le bhith a' dèanamh ceangal eadar na thuirt iadsan agus 'smuain' an neach-smaoinichaidh. Mura urrainn dhaibh ceangal a dhèanamh, faodaidh sgoilear sam bith eile feuchainn. Gheibh iad puing airson deagh cheangal. (*m.e. ma bha an neach-smaoinichaidh a' smaoinichadh mu dheidhinn 'coin', agus ma sgrìobh cuideigin 'ball-coise', dh'fhaodadh e a thuairmse a dhìon le bhith ag ràdh, "Tha mi ceart oir is toil le coin a bhith a' cluich ball-coise."*)
6. Dh'fhaodadh an clas / buidheann deasbad mu dheidhinn dè an ceangal as fheàrr agus puing eile a thoirt seachad airson sin.



6) A' nochdadh aonta agus eas-aonta

Seall don chloinn mar a bhios iad a' nochdadh eas-aonta gun a bhith a' dèanamh daoine eile fiadhaich! Brosnaich iad a bhith ag èisteachd ri daoine eile anns an deasbad, agus a' cur a-steach am beachdan fhèin ann an dòigh a ghabhas suim dha faireachdainnean agus argamaidean dhaoine eile. Dh'fhaodadh iad abairt no dhà ionnsachadh airson an cuideachadh le seo. Seo feadhainn a dh'fhaodadh a bhith feumail:

Tha sin gu math inntinneach ach chan eil mi ag aontachadh idir oir ...

Dh'fhaodadh gu bheil sin ceart, ach chan eil mi a' smaoinreachadh gu bheil oir...

Tha mi ag aontachadh gu ìre, ach feumaidh tu aideachadh ...

'S e deagh phuing tha sin ach tha thu air dìochuimhneachadh gu ...

Tha mi gad thuigsinn, ach ...

7) Ag aithneachdadh nan nithean as cudromaiche ann an deasbad a chaidh a chur air teip

Clàraich deasbad a rinn an clas no buidheann anns a' chlas. Iarr air a' chloinn èisteachd ris an deasbad, a' dèanamh notaichean air na prìomh argamaidean. Stad an teip far a bheil aon taobh a' faighinn làmh an uachdair agus bruidhinn mu ciamar a rinn iad sin.

Dh'fhaodadh tu prògram deasbaid air an rèidio a chlàradh cuideachd. Thoir cothrom don chloinn èisteachd ris an deasbad air fad an toiseach, agus an uair sin cluich a-rithist e, a' stad airson puingean sònraichte a shoilleireachadh.

8) Fèin-mheasadh: An dèidh a bhith a' deasbad, brosnach a' chlann gu bhith a' beachdachadh air dè cho math 's a rinn iad agus an co-aisean. Dh'fhaodadh iad **duilleag-measaidh 2** a chleachdadh airson seo, no dh'fhaodadh iad am measadh fhèin a sgrìobhadh.

Measadh

Iarr air na sgoilearan stiùireadh a sgrìobhadh do chuideigin a tha ag iarraidh faighinn a-mach ciamar a ghabhas e pàirt ann an deasbad. Cuidichidh seo an tidsear gus faicinn dè dh'ionnsaich a' chlann agus dè th' aca ri ionnsachadh fhathast.



## Obair-leudachaidh airson clann ag obair gu ruige Ìre E

Airson clann a tha ag obair gu ruige Ìre E, fàgaidh an tidsear an rannsachadh agus an deasbad aig na sgoilearan, gun a bhith a' gabhail pàirt, ach gan cuideachadh le bhith a' cumail ris a' chuspair agus a' cur am beachdan fhèin air adhart.

Tha na gnìomhan gu h-àrd uile freagarrach airson clann a tha ag obair gu ruige Ìre E, ach feumaidh iad cothroman fhaighinn na sgilean seo a leasachadh cuideachd:

- A' taghadh agus a' rannsachadh chuspairean airson deasbad leotha fhèin
- A' gabhail ri no a' nochdadh eas-aonta ann an dòigh a tha a' nochdadh mothachadh air faireachdainnean dhaoine eile agus a tha a' sìor chur ris a' bheachdachadh mar a tha e a' dol air adhart.
- A' leasachadh, a' fuasgladh no a' gabhail ri na tha càch a' toirt seachad
- A' cur taice ri am beachdan fhèin le dearbhadh no reusanachadh
- A' gabhail pàirt ann am beachdachadh ann an riochd chuideigin eile (m.e. pearsa à ficsean no à eachdraidh). Tha cothroman airson seo a' nochdadh ann an obair eachdraidh, RME, PSD agus dràma.
- A' gabhail os làimh riochdan mar neach-cathrach, rùnaire, neach-aithisg:
- A' dealbhadh duilleag-measaidh airson fèin-mheasadh agus measadh cho-aoisean

\* Tha na gnìomhan seo air an togail bho 'Games for Thinking' le Robert Fisher (*Nash Pollock Publishing 1997*)





Ag èisteachd agus a' labhairt ann am buidhnean

## Duilleag-measaidh I - Fuasgladh Cheist - Ìre D

Dè cho math 's a tha thu air obrachadh ann am buidhinn gus ceist fhuasgladh?  
Lìon a-steach an duilleag seo airson measadh a dhèanamh ort fhèin!

Ainm: ..... Ceann-latha .....

Co bha anns a' bhuidhinn còmhla riut? .....

Dè a' cheist a bh' agaibh ri fhuasgladh? .....

*Cuir cearcall mun àireimh as fheàrr a tha a' freagairt air an òraid,  
na do bheachd fhèin.*

4 – glè mhath

3 – math

2 – meadhanach

1 – dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr

Bha tòrr bheachdan agam air ciamar a bu chòir dhuiinn a' cheist fhuasgladh.	4	3	2	1
Bha e furasta dhomh mo bheachdan a mhìneachadh don bhuidhinn agam.	4	3	2	1
Dh'èist mi gu math ri beachdan dhaoine eile anns a' bhuidhinn agus bha e furasta dhomh gabhail riutha.	4	3	2	1
Is urrainn dhomh eas-aonta a shealltainn gun a bhith a' dèanamh daoine eile fiadhaich!	4	3	2	1
Bha sinn ag obair le chèile gu math mar bhuidhinn agus dh'fhuasgail sinn a' cheist le chèile.	4	3	2	1
B' urrainn dhomh mo bheachdan a dhìon nuair a tha daoine eile a' bruidhinn nan aghaidh.	4	3	2	1

Airson fàs nas fheàrr air obair ann am buidhinn feumaidh mi



Ag èisteachd agus a' labhairt ann am buidhnean

## Duilleag-measaidh 2 - Deasbad - Ìre D

Dè cho math 's a tha thu air deasbad? Lìon a-steach an duilleag seo airson measadh a dhèanamh ort fhèin!

Ainm: ..... Ceann-latha .....

Cò bha a' deasbad? .....

Co mu dheidhinn a bha sinn a' deasbad? .....

Dè am beachd / na beachdan a bha mise a' cur air adhart:

.....

*Cuir cearcall mun àireimh as fheàrr a tha a' freagairt air an òraid,  
na do bheachd fhèin.*

4 – glè mhath

3 – math

2 – meadhanach

1 – dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr



Rinn mi rannsachadh gu leòr air cuspair an deasbaid mus do thòisich mi.	4	3	2	1
Rinn mi nòtaichean a bha feumail dhomh anns an deasbad.	4	3	2	1
Thug mi cothroman do dhaoine eile am beachdan a thoirt seachad.	4	3	2	1
Is urrainn dhomh eas-aonta a shealltainn gun a bhith a' dèanamh daoine eile fiadhaich!	4	3	2	1
Is urrainn dhomh taic a thoirt dha na beachdan agam le dearbhadh, eisimpleirean no figearan.	4	3	2	1
Is urrainn dhomh mo bheachdan a dhìon nuair a tha daoine eile a' bruidhinn nan aghaidh.	4	3	2	1

Airson fàs nas fheàrr air deasbad feumaidh mi...





# Ag Obair Fo Bhuaidh Theacsaichean





## Ro-ràdh:

Aig Ìre D bu chòir sgoilearan cothroman fhaighinn èisteachd ri agus bruidhinn mu dheidhinn iomadh seòrsa teacsa: sgeulachdan, dàin agus teacsaichean dràma. Anns an aonad seo tha liosta de stuthan a dh'fhaodadh a bhith cuideachail ann an sin agus ceistean agus gnìomhan do na sgoilearan a ghabhas cleachdadh le teacs fhicsean sam bith.


### Stuthan feumail:

- Leabhraichean Crosrag
- Am Blòigh Beag le Beannachd (sgeulachd, teip agus notaichean an tidseir)
- Leum gu Leughadh Ìre 4
- Òrain agus bàrdachd
- Sgrioptaichean Gàidhlig

### Stiùireadh do Thidsearan:

- Uaireannan bidh buidheann leughaidh a' coimhead air teacs gu cùramach còmhla, a' bruidhinn mu dheidhinn plota, caractaran, amasan, stoidhle, faclan agus eile. Tha gnìomhan teagaisg airson sin aig Ìre D anns a' phac seo agus anns a' phac Leum gu Leughadh 4. Uaireannan ged-tà, is fhiach leigeil leis a' chloinn teacs a leughadh leotha fhèin, a' fàgail an deasbaid mun teacs gus a bheil a h-uile duine deiseil ga leughadh. Thoir cothroman dhaibh cuideachd bruidhinn ris a' chlas mu dheidhinn sgeulachd no bàrdachd a leugh iad aig an taigh. (faic an t-aonad 'Leughadh airson Toileachas)
- Thoir cothroman don chloinn èisteachd ri sgeulachdan air an rèidio (no air an clàradh) agus coimhead air buidhinn dràma a' dèanamh dealbh-chluich.
- Seo ceistean a dh'fhaodadh a bhith aig a' chloinn airson an cuideachadh ann a bhith a' bruidhinn mun teacs, no a' sgrìobhadh mu deidhinn.
  - Dè seòrsa teacsa a th' ann?
  - Co mu dheidhinn a tha i?
  - Dè smaoinich thu aig an toiseach? An do dh'atharraich do bheachd ron deireadh?
  - Cò an caractar as inntinniche a th' ann?
  - Dè am pàirt a b' fheàrr leat agus carson?
  - A bheil i coltach ri rud sam bith eile a chuala tu no a leugh thu roimhe? Ciamar?
  - Nan robh thusa anns an sgeulachd, an dèanadh tu an aon rud ri na caractaran, no rudeigin eile? Carson?
  - Dè do bheachd air an sgeulachd / dàn / dealbh-chluich anns an fharsaingeachd? Mìnich do fhreagairt.

A' Labhairt: mu  
fhiosrachaidhean, mu  
fhaireachdainnean  
agus mu bheachdan





## Ro-ràdh

*'Feumaidh a' chlann cuideachadh fhaighinn nuair a tha iad ag ullachadh òraid ann a bhith a' cur rian air na tha iad ag iarraidh a ràdh agus mar a chleachdas iad notaichean ann am planadh. Iarrar air a' chloinn feumalachdan an luchd-amais a ghabhail a-staigh, ann an èisteachd agus anns an eòlas a tha aca air an t-susbaint ro làimh.'* (Stiùireadh Nàiseanta 5-14)

## Stiùireadh do Thidsearan:

- Iarr air a' chloinn rannsachadh a dhèanamh air cuspair, deiseil airson òraid a thoirt don chlas no do phàrantan, no do chlas eile anns an sgoil. Dh'fhaodadh iad an obair rannsachaidh a dhèanamh nam buidhnean, nan càraidean no leotha fhèin. Mus tòisich iad, dèan cinnteach gun tuig iad cò bhios ag èisteachd agus gum beachdaich iad air dè am fiosrachadh a dh'fhaodadh a bhith aig an luchd-èisteachd air a' chuspair mu thràth agus dè seòrsa rudan a bhios inntinneach dhaibh. Brosnaich iad an notaichean a sheòrsachadh a-mach fo phrìomh phuingean
- Chan fheum an òraid a bhith ro fhada aig Ìre D. Tha e nas cudromaiche gu bheil i air a deagh rannsachadh, gu bheil i inntinneach agus furasta a leantainn agus gu bheil i freagarrach don luchd-èisteachd. Aig Ìre E bu chòir don chloinn a bhith a' cur thairis barrachd fiosrachaidh, le cuspair air a roinn ann am fo-chuspairean 's dòcha, ach ann an dòigh a tha fhathast siùbhlach agus inntinneach.
- Iarr air a' chloinn beachdachadh air am faireachdainnean agus am beachdan fhèin mun chuspair agus an cur an cèill. Brosnaich iad (gu h-àraidh aig Ìre E) a bhith a' toirt suim do bheachdan dhaoine eile agus a' cur air adhart argamaidean airson am beachd fhèin a dhaingneachadh. Dèan cinnteach gun urrainn dhaibh abairtean a chleachdadh airson am beachdan a chur an cèill agus airson argamaidean a chur air adhart gu soilleir, siùbhlach. Seo feadhainn a dh'fhaodadh a bhith feumail:

Tha mise den bheachd ..

Nam bheachd-sa ...

Feumaidh sibh aontachadh ..

Tha mi a' faireachdainn gu ..

Is cinnteach gu /nach ...

Mar a chì mise e, ...

Tha e soilleir gu ...

Air an dòigh seo ...

Air an làimh eile ...

Ged a chanas cuid ...

A bharrachd air sin ...

A dh'aindeoin sin

(faic cuideachd an earrann air 'Deasbad' anns an aonad 'Teacsaichean neo-fhicsean' anns a' phac seo.)

### **Cuspairean Feumail:**

Tha iomadh cuspair freagarrach airson sgilean rannsachaidh agus libhrigidh a leasachadh. Dh'fhaodadh a' chlann fhèin beachdachdadh air cuspairean mun bu mhath leotha bruidhinn. Seo eisimpleirean airson tòiseachadh:

### **Fiosrachaidhean agus faireachdainnean**

Mise	Beathach	Tachartas ann an eachdraidh
Mo charaid	Cuideigin ainmeil	Tachartas anns na naidheachdan
Obair (m.e. nurs)	Dùthaich	Tachartas anns an sgoil
Turas	Cur-seachad	

### **Beachdan**

Fiolm	Leabhar	Ùghdar
Cuideigin ainmeil	Prògram TBh	Gèam coimpiutair

**Structair:** Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gu bheil structair cheart cho feumail nuair a tha iad a' gabhail òraid 's a tha e nuair a tha iad a' sgrìobhadh argamaid no beachd. Brosnaich iad gus plana ullachadh, a' gabhail a-steach nan rudan a leanas:

- **toiseach làidir, inntinneach** a ghlacas ùidh an luchd-èisteachd
- **prìomh phuingeann**, le rud beag mìon-chunntais agus faireachdainnean no beachdan mun chuspair (agus 's dòcha eisimpleirean, argamaidean agus dearbhadh)
- **geàrr-chunntas** de na prìomh phuingeann
- **co-dhùnadh** – a' toirt na h-òraid gu crìoch làidir

- Tha ceistean air an **duilleag-planaidh** airson a' chlann a chuideachadh ann a bhith ag ullachadh òraid.



### Dòigh-libhrigidh:

Coimhead air an duilleig 'A' Libhrigeadh Òraid' (**A' Labhairt – Prìomh phuingean**).  
Dh'fhaodadh a' chlann an duilleag sin a chleachdadh mar dhuilleag-mheasaidh airson na h-òraid aca fhèin no airson òraid an co-aisean.

### Feumlachdan an luchd-èisteachd

*(faic cuideachd an t-aonad 'Mothachadh air Luchd-amais' anns a' phac seo.)*

Dèan cinnteach gun tuig a' chlann co ris a bhios iad a' bruidhinn agus iarr orra beachdachdadh air na feumlachdan aca. Thoir comhairle dhaibh airson an cuideachadh na feumlachdan seo a choinneachadh. Seo ceistean airson cuideachadh le seo:

- A bheil fhios aig an luchd-èisteachd air a' chuspair seo mu thràth?
- A bheil faclan sam bith ann nach tuig iad?
- Ciamar a nì mi an òraid furasta gu leòr dhaibh a leantainn?
- Ciamar a nì mi an òraid inntinneach gu leòr dhaibh?
- A bheil suidheachain gu leòr ann?
- Am faic agus an cluinn a h-uile duine mi?
- Am faic a h-uile duine na stuthan-taic agam?





# A' Libhrigeadh Òraid - Prìomh Phuingean

- \* Dèan plana airson structair a thoirt don òraid agad.
- \* Dèan cinnteach gu bheil an òraid agad
  - inntinneach
  - furasta a leantainn
  - freagarrach don luchd-èisteachd
- Innis don luchd-èisteachd an toiseach co mu dheidhinn a tha thu a' dol a bhruidhinn agus carson.
- Cleachd 'stuthan-taic' - (*m.e. dealbhan, nithean, mapaichean*)
- \* Dèan cinnteach gu bheil a h-uile càil a dh'fheumas tu deiseil agus ag obair. (*m.e. Powerpoint, bhidio, modailean*)
- Dèan cinnteach gum faic an luchd-èisteachd na stuthan-taic agad gu furasta.
- Coimhead air an luchd-èisteachd nuair a tha thu a' bruidhinn.
- Dèan cinnteach gun chluinn iad uile thu agus gum bruidhinn thu aig astar freagarrach.
- Cleachd gluasad cuirp agus gluasad aodainn airson beatha a thoirt dha na faclan agad.
- Atharraich do ghuth - (*m.e. a' cur cudrom air faclan cudromach*)
- Aig an deireadh, seall gu bheil thu deiseil agus thoir taing don luchd-èisteachd.

# Duilleag-planaidh

## - òraid phearsanta - Ìre D/E

Cleachd an duilleag seo airson do chuideachadh le bhith ag ullachadh òraid phearsanta.

M' ainm: ..... Ceann-latha: .....

Cuspair na h-òraid: .....

1. Dè an cuspair mu bheil tòrr fiosrachaidh agam mu thràth?

2. Càit' am faigh mi a-mach barrachd fiosrachaidh mun chuspair sin?

3. Dè chleachdas mi airson an òraid a dhèanamh inntinneach?:

**dealbhan**

**modailean**

**clàir**

**mapa**

**stuthan**

4a. Cò an luchd-èisteachd a bhios agam?

4b. Ciamar a nì mi an òraid agam freagarrach dhaibh?

5. Ciamar a thòisicheas mi an òraid?



6. Dè na prìomh phuingean mu bheil mi airson bruidhinn?

7. Ciamar a chrìochnaicheas mi an òraid?





# Mothachadh air Luchd-amais





# Ro-ràdh

‘Tha còir aig a’ chloinn ionnsachadh nuair a tha iad a’ dol an sàs nan cuid obair-labhairt, gum feum iad cuimhne a chumail air adhbhar agus air nàdar an luchd-èisteachd.’ (Stiùireadh Nàiseanta 5-14 Gàidhlig) Tha luchd-amais cudromach, chan ann dìreach ann an obair-labhairt, ach cuideachd ann an obair sgrìobhaidh agus ann an leughadh a-mach.

## Leughadh a-mach agus Labhairt:

- \* Bhiodh e math iarraidh air sgeulaiche tighinn dhan sgoil airson sgeulachd innse dhan chloinn. Bruidhinn mun dòigh-labhairt aige/aice agus rud sam bith a chleachd e/i airson an sgeulachd a dhèanamh inntinneach don luchd-amais.
- \* Èist ri sgeulachdan no prògraman rèidio air teip, no coimhead air bhidio. Mus tòisich iad ag èisteachd, iarr air a’ chloinn beachdachdadh air dè cho soilleir ‘s a tha am prògram agus a bhith ag èisteachd gu cùramach air dòigh-labhairt an neach-labhairt. Seo ceistean a dh’fhaodadh tu fhaighneachd dhaibh an dèidh a’ phrògram:
  - An robh an neach-labhairt a’ dol ro luath, ro shlaodach no dìreach aig an astar ceart?
  - An robh am prògram inntinneach? Ciamar?
  - Dè rinn an neach-labhairt airson am prògram a dhèanamh inntinneach don luchd-èisteachd?
- \* Thoir cothroman don chloinn bruidhinn agus leughadh ann an diofar dhòighean ri luchd-amais eadar-dhealaichte. Seo eisimpleirean:
  - leughadh a-mach do chlann nas òige,
  - a’ toirt stiùireadh do chlann eile anns a’ chlas,
  - bruidhinn ann an deasbad,
  - bruidhinn ri pàrantan air latha fosgailte mu dheidhinn obair pròiseict
  - leigeil orra gu bheil iad a’ dèanamh prògram naidheachadhan airson TBh no rèidio
  - leughadh aig co-chruinneachadh
  - bàrdachd aithris no òran a ghabhail aig cèilidh sgoile
  - òraid a dheasachadh air cuspair a thaghas iad fhèin
- \* Nuair a tha a’ chlann a’ deasachadh obair-labhairt, no a’ faighinn deiseil gus rudeigin a leughadh a-mach do dhaoine eile, dèan cinnteach gun tuig iad cò bhios ag èisteachd riutha. Brosnaich iad gu bhith a’ beachdachdadh air na puingeann seo:
  - Càit’ am bi mi a’ leughadh / a’ bruidhinn? An cluinn a h-uile duine mi gu soilleir?
  - Cò bhios ag èisteachd? A bheil iad eòlach air a’ chuspair air a bheil mi a’ bruidhinn mu thràth? Mura bheil, ciamar a bheir mi a-steach an cuspair gus an tuig iad? Ma tha iad eòlach air, ciamar a nì mi cinnteach nach fàs iad sgìth? (mar eisimpleir, le ceistean, le



eisimpleirean inntinneach). Dè an ìre aig a bheil an luchd-amais? An tuig iad a h-uile càil a tha mi a' dol a ràdh, no am feum mi mìneachadh a bharrachd a dhèanamh air gin de na faclan / puingean?

- Carson a tha iad ag èisteachd? (m.e. airson rudeigin fhaighinn a-mach, no airson 'entertainment', no airson an dà chuid!)
- A bheil mi a' bruidhinn / a' leughadh ro luath no ro shlaodach? Tha an t-astar ceart cudromach airson ùidh agus tuigse an luchd-èisteachd a chumail.
- A bheil a h-uile facal soilleir? Dèan cinnteach gun cluinn an luchd-èisteachd deireadh a h-uile facal. (m.e. balach an àite bala ..!)
- A bheil mi a' dèanamh deagh fheum den phongadh? Stad airson diog aig a h-uile cromraig. Stad airson dà dhiog aig deireadh a h-uile seantans. Gabh anail aig àitichean freagarrach. Coimhead airson cromagan-ceist agus clisg-phuingean agus dèan feum dhiubh.
- A bheil mi a' coimhead air an luchd-èisteachd? Tha glacadh-sùla cudromach. Tha e nas fhasa dhaibh mo chluinntinn ma tha mi a' bruidhinn riutha, an àite ri oisean den rum no lem aodann sìos ann an leabhar!
- Ciamar a nì mi an labhairt / leughadh inntinneach don luchd-èisteachd? (m.e. a' sealltainn na tha mi a' ciallachadh le gluasad-bodhaig, dealbhan, rudan ri shealltainn dhaibh, ag atharrachadh mo ghuth airson caractaran eadar-dhealaichte ...)

Seo rudan ri cuimhneachadh nuair a tha thu a' bruidhinn no a' leughadh ri luchd-amais:-

<b>Soilleireachd:</b>	dèan cinnteach gun cluinn an luchd-èisteachd a h-uile facal
<b>Ìre:</b>	dèan cinnteach nach eil an stuth ro dhoirbh no ro fhurasta don luchd-amais
<b>Ùidh:</b>	smaoinich air dòighean airson ùidh an luchd-èisteachd a chumail (m.e. gluasad-bodhaig, dealbhan, guthan, props)
<b>Glacadh-sùla:</b>	coimhead air an luchd-èisteachd
<b>Astar:</b>	na leugh ro luath no ro shlaodach



### Sgrìobhadh:

- Mus tòisich clann air obair sgrìobhaidh, dèan cinnteach gu bheil fhios aca carson a tha iad a' sgrìobhadh agus cò bhios ga leughadh. Thoir cothroman dhaibh sgrìobhadh a dhèanamh airson diofar dhaoine
  - airson clann eile anns a' chlas (m.e. obair a' dol air balla a' chlasruim no ann an leabhar, stiùireadh air mar a nithear rudeigin, cunntas air rudeigin a rinn iad ...)
  - airson clann nas òige anns an sgoil no ann an sgoil-àraich (m.e. postair, sgeulachd, bàrdachd ...)
  - airson pàrantan (obair a' dol dhachaigh)
  - air an son fhèin (airson spòrs no airson sgil sònraichte fheuchainn a-mach)
  - airson an tidseir (airson measadh)
  - airson clann ann an sgoil eile (m.e. litir-caraid, post-dealain ...)
  - airson cuideigin taobh a-muigh na sgoile (m.e. litir ag iarraidh fiosrachadh no a' toirt taing / postair le fiosrachadh mu rudeigin a tha a' tachairt anns an sgoil ...)
- Nuair a tha iad deiseil den chiad dreach den sgrìobhadh, iarr orra a leughadh gu cùramach, a' leigeil orra gur iad an luchd-amais. Brosnaich iad gus beachdachdadh air na puingeann seo:
  - A bheil e a' freagairt an adhbhair sgrìobhaidh, a thaobh structair, '*content*' agus stoidhle?
  - A bheil e furasta a leughadh?
  - A bheil e a' dèanamh ciall?
  - Am bi e inntinneach don luchd-amais?
  - An urrainn dhomh a dhèanamh nas inntinniche? Ciamar?
  - A bheil an litreachadh ceart?
  - A bheil am pongadh ceart?
- Mus sgrìobh iad an dreach mu dheireadh, iarr orra beachdachdadh a-rithist air an luchd-amais a thaobh taisbeanaidh. Uaireanann cha bhi an taisbeanadh cho cudromach, (m.e. mas ann dìreach airson sgil ùr fheuchainn a tha iad a' sgrìobhadh, no rudeigin a tha iad a' dol a leughadh a-mach dhan luchd-amais).  
Uaireannan tha an taisbeanadh uabhasach cudromach: postair, mar eisimpleir, no sgrìobhadh sam bith a bhios daoine eile a' leughadh.



# Fuaimreagan agus Cònnragan



## Mìneachadh:

**fuaimreag:** gin de na litrichean a, e, i, o, u; fuaim air a dhèanamh le beul fosgailte far nach bi beul, bilean, teanga no fiaclan a' beantainn ri chèile.

**cònrag:** consan; fuaim air a dhèanamh leis a' bheul nach eil na fhuaimreag; litir nach eil na fuaimreag.



## Stiùireadh do Thidsearan

Feumaidh sgoilearan aig Ìre D na faclan 'fuaimreag' agus 'cònrrag' a thuigsinn agus bu chòir dhaibh a bhith comasach an cleachdadh nuair a tha iad a' bruidhinn mu mar a tha faclan air a sgrìobhadh. Tha measgachadh de ghnìomhan an seo – chan eilear an dùil gun dèan sibh a h-uile fear! Tha cuid de na gnìomhan airson sgoilearan a chuideachadh a bhith fàs cleachdte ri na faclan 'fuaimreag' agus 'cònrrag'. Tha feadhainn eile ann airson ùidh nan sgoilearan ann an litrichean, faclan agus cultar Gàidhlig a bhrosnachadh.

- \* Iarr orra am facal 'fuaimreag' a lorg ann am faclair agus an uair sin faighnich dhaibh dè th' ann am fuaimreag. Dèan an aon rud leis an fhacal 'cònrrag'.  
An urrainn dhaibh innse dhut facal eile a tha a' ciallachadh an aon rud ri 'cònrrag'? Dè an t-iolra a th' aig 'fuaimreag'? Dè an t-iolra a th' aig 'cònrrag'?
- \* Iarr orra fuaimreag mu seach a ràdh gus am mothaich iad gun dèan iad na fuaimean seo gun bheul, bilean, teanga no fiaclan a bhith a' beantainn ri chèile. Brosnaich iad gach fuaim a dhèanamh gu soilleir le bhith ag atharrachadh cumadh a' bheòil.
- \* Innis dhaibh gu bheil diofar sheòrsaichean chònrragan ann, le ainmean a' sealltainn dè am pàirt den bheul a nì am fuaim. Brosnaich iad gus gach còrrag anns an aibidil a ràdh gu soilleir. Iarr orra na litrichean seo a ràdh. Chan fheum iad na faclan seo a thuigsinn ach 's dòcha gun tuig iad gu bheil am beul anns an aon seòrsa cumaidh airson gach buidheann.

labials - b, p, m, w. Dè am pàirt den bheul a chleachd iad? (bilean).

dentals - d, t, s (fiaclan)

linguals – l, n, r (teanga)

palatals – c, g (mullach a' bheòil)

- \* Iarr air cuideigin facal le aon fhuaimreag a sgrìobhadh.
- \* Iarr air cuideigin eile facal a sgrìobhadh le dà chònrrag aig an toiseach.
- \* Sgrìobh facal fada (m.e. craobh-dharaich) air a' bhòrd-dhubh agus faighnich dhaibh cia mheud fuaimreag a th' ann agus cia mheud còrrag a th' ann.
- \* Dh'fhaodadh a' chlann coimhead air litrichean Ogham ma tha iad a' dèanamh pròiseact air na Cruinnich no air litrichean snasail mar an fheadhainn ann an seann leabhraichean cudromach (m.e. Book of Kells).

\* Mar chlas, no mar bhuidhinn, sgrìobh dàn acrostic airson nam fuaimreagan. Dh'fhaodadh an dàn a bhith air cuspair sam bith no dh'fhaodadh an tidsear cuspair a thoirt do na sgoilearan. Seo eisimpleir airson tòiseachadh:

**A**ir an tuathanas

**E**ich, crodh is caoraich anns na pàircean.

**I**seanan tunnaig

**Ò**g a' snàmh anns an lochan.

**U**irceanan reamhar a' roilgeadh anns a' pholl.

\* Bruidhinn mu dheidhinn ainmean nan litrichean anns an aibidil Ghàidhlig. Dh'fhaodadh iad dealbh de gach craobh a lorg agus aibidil nan craobhan a dhèanamh airson balla a' chlasruim. (Tha am faclair Dwelly's feumail airson seo ach cha bhi a' chlann eòlach air cuid de na h-ainmean oir 's e seann ainmean a th' annta. Mar sin tha na h-ainmean ùra air an sgrìobhadh ann an camagan)

a = ailm (leamhan), b = beith, c = coll (calltainn), d = darach, e = eadha (critheann),  
f = feàrna, g = gort (eidheann), h = uath (sgitheach), i = iogh (iubhair),  
l = luis (caorann), m = muin (crann-fiona), n = nuin (uinnsean), o = onn (conasg),  
p = (beith bhog), r = ruis (druman), s = sùil (seileach), t = teine (conasg)

\* Dh'fhaodadh a' chlann obrachadh ann am buidhnean gus aibidilean eile a chruthachadh (m.e. flùraichean, beathaichean, ainmean dhaoine, cur-seachadan is geamannan, càraichean).

\* Bruidhinn mun litir 'h'. Coimhead air 'h' ann am Brìgh nam Facl agus bruidhinn mu dheidhinn dè an seòrsa faclan a th' ann:

- faclan ceangailte ri àite (m.e. Hiortach)

- faclan air iasad bho chànan eile (m.e. hamstair).

- gairmean (m.e. huist!)

Seall mar a bhios an litir 'h' a' sèimheachadh fuaimean eile:

bàta → air a' bhàta

cù → leis a' chù

\* Bruidhinn mu cho cudromach 's a tha fuaim nam faclan ann am bàrdachd is òrain. Sgrìobh an rann seo bho 'O mo Dhùthaich' air a' bhòrd-dhubh agus coimhead air na fuaimreagan a th' ann ; fuaimreagan leotha fhèin (m.e. ù) agus fuaimreagan còmhla (m.e. ua, ai)


O, mo dhùthaich, 's tu air m' aire,  
Uibhist chùbhraidh, ùr nan gaillean,  
Far am faicte na daoine 'uaise  
'S far bu dual do Mhac 'Ic Ailein.

(td. 46 Do Ghinealach Eile (Ealain Tir a' Mhurain 1995))

Gabhaibh seo còmhla, a' cur neart a' ghutha air na fuaimean a th' air an comharrachadh. Fàg an rann seo air a' bhòrd nuair a tha a' chlann a' dèanamh ceist 9 san duilleag-obrach airson an cuideachadh.

\* Bheir an obair air an duilleag-obrach cothrom don chloinn faclairean a chleachdadh agus fàs nas cinntiche le fuaimreagan agus cònnragan.





## Fuaimreagan & Cònnragan – duilleag-obrach

Ainm: .....

1. Sgrìobh na fuaimreagan an seo. Cuimhnich cromag a chur eatorra.

.....

2. Sgrìobh a' chiad còig chònnragan den aibidil Ghàidhlig:.....

.....

3. Cia mheud litir a th' anns an aibidil Ghàidhlig? .....

.....

4. Cia mheud fuaimreag a th' anns an ainm agadsa?.....

.....

5. Sgrìobh do shloinneadh an seo cho mòr agus gu lìon e am bogsa. Cuir dath air a h-uile cònnraig.

6. Lorg facal ann am faclair anns a bheil trì fuaimreagan:

.....



7. Lorg faclan ann am faclair anns a bheil sia cònnragan:

.....

8. Seo faclan le tòrr fhuaimreagan annta. Cuir na faclan ann an òrdugh na h-aibidil:

**eilid, aoidh, uaireadair, itealaich, aois, eireachdail, uaigneach, ìompaireachd**

.....

.....

9. Seo pìos bàrdachd. Tha fuaimean nam fuaimreagan cudromach ann am bàrdachd. Cuir loidhne fo na fuaimreagan a nì rann. Cleachd dath eadar-dhealaichte airson gach fuaim.

Tìr a' mhurain, tìr an eòrna,  
Tìr a' phailteis às gach seòrsa,  
Far am bi na gillean òga  
Gabhail òran san taigh-leanna.

(bho O Mo Dhùthaich td. 46 Do Ghinealach Eile (Ealain Tìr a' Mhurain 1995)

